



Hall 260. fr.

National Library of Scotland



\*B000136647\*

Chas. C. Harrison.





CLÀRSACH NAM BEANN,

NO.

DÀIN AGUS ÒRAIN,

Ann an Gaelíg,

LE EÓBHAN MAC-COLLA.

---

“ Air Fionn gu 'n togainn fonn, 'us  
Air Diarmad donn bu toigh leam seinn,  
Ach fonn cha seinn mo chla'rsach  
Ach da'in air gra'dh nan Cailleagan!”  
SEAMAS MUNRO.

---

AN DARA CLÓDH-BHUALADH,  
MEUDAICHTE AGUS ATH-LEASAICHTE :

AIR A CHUR A MACH 'AN


DUN-ÉIDINN,

LE MAC-LACHUINN 'SAN STI'UBHARTACH,

SR'AID NA DROCHAIDE DEASA.

---

MDCCCXXXVIII.



# AN CLAR-AINMEACHAIDH.



	Taobh duilleig.
LOCH-DU'ICII, - - - - -	1
Do 'n Uiseag, ri 'h-'Oran Feasgair, - - -	5
O till, a Leannain! - - - - -	8
Rannan air Bàs Bannacharaid a bha anabarrach gaolach, 'sa chaochail 'na Leanabachd, - - - - -	11
Beannachd Dheirreanach an t-sean Eilthirich Ghàelich,	13
Rannan air Buachaille 'bh 'ann am Baile àraidh, air dha gun bhì aona chuid "sona no saoitheach, - - -	18
Oran, air do Leannan an 'Ughdair a bhì gu tinn, - - -	20
Té bhanaid nan gruaidh ròsach, - - - - -	22
Do Loch-aic, - - - - -	24
Gleannan nam flùr - - - - -	28
Ròsan an Leth-bhaile - - - - -	30
Mo Leannan beag - - - - -	34
Rannan air Tàillear a's Greusaich a bh' ann Iochdar Chòmh- ail, a thog orra dh' iasgach an Sgadain 's iad air marachd tur aincolach - - - - -	39

	Taobh-duilleig
Na h-'Oighean	39
Rannan Cumhaidh, air cluinntinn gu 'n do chaochail*****	
***—*****.	41
Purgataireachd,	45
Duanag air dà bhean ann an Ccann-tìre, a bha ro-dhèidheil air a' phòb-thombac, agus té dhiu féin, le fala-dhà, air iarruidh air an ùghdair rann a dheanadh dhoibh,	46
Mòrag,	49
An Ròs,	52
'Oran,	53
Taobh Loch-fìne,	57
Marbhrann air fear àraid,	60
Tuireadh nan Eilthireach,	63
Mairearad,	66
Bantraichean òga,	68
Duanag—" Guidheam slàn an rìbhinn òg," &c.	69
Do dh-Abhainn Ruaile,	71
An Cailin 'ghoid mo chrì,	75
Duanag—" Mo bheanuachd ort, a Mhàiri," &c,	78
Gleann-daruail,	80
Mo Ròsan,	83
'Oran—" Teich a Shamhraidh," &c,	85
Na Caileagan,	88
A' Chaileag bhòidheach,	90
Teisteanas a' Ghile dhuibh,	93
O! 'Iomhaigh 'rinn mo leònadh,	96
<i>Mali</i> Bhòidheach,	98
Cumha Bean òg an t-seana Bhodaich,	181
Mo Ròsan geal féin,	104
Rannan air Tàillear àraid, a fhuair beagan do 'n t-saoghal, 'sa rinn a dhia dheth,	106
<i>Mali</i> bhòidheach mhìog-shuileach,	108



Duanag—"A ho Ì, gu cinnteach 'stoigh leam," &c.	110
Crònan na Mna-dìolain,	112
Sliochd nam Beannta,	113
Na Deireasaich,	116
Duanag—"Mo rùn air a' chaileig," &c.	116
Do Lon-dubh, air dhomh a chluinntinn a' seinn anns a' Choille 'gam chòir, 's mi coimhead uaigh——ann an Cill-ma-lìth,	121
Gleann-aoradh,	122
Oighrig òg,	127
'Oran—"Am bruadar so?" &c.	129
Rannan—"C' uime bhiodh oirnn mulad," &c.	132
Tuireadh na Cailin,	134
Freagaradh do "Thuireadh na Cailine,"	136
Duanag—"A rùn ghil! nam bithinn leat," &c.	138
'Oran—"O Iseaball! o'n chunnaic mi," &c.	140
'Se 'n leòn an Gaol,	143
An Tè na ùladh Tì,	145
Taobh Loch-aice,	147
Cumha Dhònuill,	150
Anna Aobhach,	153
Sìne rùnach,	155
'Oran—"A bhàrda nan tom!" &c.	157
Oighrig dhonn,	159
Rannan air fear a bha comharraichte air son ceilge,	116
Duanag—"Guidheam slàinte do 'n ùr-mhnaoi," &c.	163
Duanag—"A nighean donn," &c.	165
Flùran Eilein nan Tonn,	167
Goid Bhean na Bannse,	169
'Oran—"An diugh ged s fada bhuam i," &c.	171
Beannachd an Eilthireich òig le a leannan,	173
'Oran—"Aon fheasgar ri taobh Shìoradh," &c.	175

Sine bhuidh mheall-shuileach òg,	-	-	178
'Oran—"Mile tubaist do n Ghaol so," &c,	-	-	180
Duanag—"Thogainn fonn air an nighinn,"	-	-	183
Am Bruadar,	-	-	185
Mo Thrì Leannanan,	-	-	187
Facal no dhà ris an Uaigh,	-	-	189
Oran—"Nam bithinn 'am Bhard,"	-	-	192

## MEARACHIDAN.

Taobh-duilleig 19, sreath 11 o'n bhraigh—air sen *na ann* leugh *n-ann*.

11, ——— 11 ———	air son <i>bochd</i> leugh <i>boc</i> .
65, ——— 1 ———	air son <i>ghaoil</i> leugh <i>gaoil</i>
69, ——— 10 ———	air son <i>Bheir</i> leugh <i>Thoir</i> .
70, ——— 19 ———	air son <i>rio'chan</i> leugh <i>righ'chdan</i> .
————— 14 ———	air son <i>or-fhuill</i> leugh <i>or-fhalt</i> .
104, ——— 21 ———	air son <i>f'agail</i> leugh <i>fh'agail</i> .
121, ——— 3 ———	air son <i>Cill-ma-lit</i> leugh <i>Cill-ma-lith</i> .
128, ——— 13 ———	air son <i>e sud</i> leugh <i>i sud</i> .
137, ——— 17 ———	air son <i>buaile</i> leugh <i>bhuaile</i> .
150, ——— 8 ———	air son <i>'ath-ghealladh</i> leugh <i>bbath-ghealladh</i> .
172, ——— 7 ———	air son <i>traighe</i> leugh <i>tr'aigh</i> .
180, ——— 10 ———	air son <i>chuidse</i> leugh <i>chuid-sa</i>

## A LEUGHADAIR.

Thoir aithre de so, agus tha 'n t-ughdair ag altrum dochais, air son cuid litreachaidh dheth, nach tig tuille de CHLARACH NAM BEANN fada ce'arr ort. Ma thig, cuirich *Seumas Munro* 'sa DH'ONaid chiatlach.

# CLÀRSACH NAM BEANN.

---

## LOCH-DU'ICH. (1.)

Fàilt' ort, a Loch-du'ich ! fàilt' ort !

Nam b' f hear-dàna réir mo dhùrachd  
Mise nis, gu fonnmhor, sàr-ghrinn,  
'*Fhìor* "Loch-àluinn," bheirinn cliù ort.

Amhuil a's naoidhean 'ua chadal

Gu ciùin 'an uchd dubhach a mhàthar,  
'S tric d' athair, an Cuan, fo bhruaillean.  
A's tusa 'n ad shuain ceart làmh ris !

A' bhirlinn a' teicheadh bho 'n doinionn,  
Cha n-ainmig 'n ad rat'had-sa 'stiùireadh,  
'S tu 'fosgladh do bhroillich mar shlànuidhear  
'Thoirt fasgaidh a's fàrdaich do n dùile.

A bheanntan a phògas na reultan!

Cha n-'eil sibh gun aobhar 'bhi pròiseil,  
'S gu 'm faigh sibh bli 'coimhead 'ur n-àilleachd  
Gach latha 'an sgathan cho òirdheirc.

O! s àghmhor mar so 'bhi 'g 'ur faicinn

Air trath fcasgair a' srachdadh nan speuraibh,  
No 's a' mhadainn le'r curraichdibh òr-bhuidh,  
'N uair tha 'ghrian as à ròs-leabaidh 'g éiridh!

A bhuachaille bhig air an raon ud,

Ciod air tha, le iognadh, do shùil-se?  
Tha feudail gu cinnteach fo 'n aigein—  
Seall thusa 'm bheil agad do dhiù féin.

A' tional nan dearc air a bhruthach,

Eisd! éisd ciod is bruidhinn do 'n phàisd' ud:—  
'Tha coille 'an ìochdar Loch-du'ich!  
A bhràthair, 'bheil enuthan a' fas innt'?"

A Dhùin ud a dh' éireas o 'n charraig,(2.)

Rinn aois iomadh sgar ann ad chliathaich;  
A thannaisg nan làithean a thréig sinn,  
Cha n-iognadh 'n an déigh geda liath thu!

'S tu 'n sin ann ad aonar 'nad sheasamh,  
 “ Mar Oisian an deaghaidh na Féinne ;”  
 Tìm bheag agus leanaidh tu càirdean—  
 A Dhùin ! tha làmh làidir an éig ort.

Cha tearc ris a' ghealaich, (ma's fìor iad,)  
 'N òigh-mhara mu thimchioll do gharbh-stéidh;  
 A h-òr-leadan féin aic' 'ga chìreadh,  
 'S i 'seinn—'ne da rirèadh do mharbh-rann !

O cha n-e;—'s deimhinn leam gur ann thà i  
 'N sud a' cumha 'n dcìgh 'n ògain 'thug gaol dh'i,  
 Agus esan a nis air fàs fuar rith'—  
 Faodaidh bith, chionn an truaghan bhi faoilidh.

Seinn, O seinn ort air d' aghaidh, 'oigh-mhara !  
 'S' tu nach 'eil gun do pheathraichean tìre—  
 Tìr na muir dha, 'se 'n cridhe as blàithe,  
 A réir coltais, do 'n dàn bhi 'ga shìor-leòn !

O Easaibh is binn-fhuaimneach siubhal  
 Gu far 'bheil Loch-du'ich a' bruadar,  
 Cha n-ioghnadh leam idir le 'r crònan  
 Ged robh esan 'an còmhnagha 'san t-shuain so.

'Ann an *so* sibh, le borbhan ag aonadh, '  
 'N'ur leth chadal, in easg raointean nam blàth tiugh;  
 'Ann an *sud* sibh, mar bhoillsgeannan gréine,  
 'N'ur ciad steall a borb-leum feadh nan àrd-  
 chreag!

A Choir' ud 's an caidil a' chuairt-ghaoth,  
 Cha tearc annad ruagadh 'n daimh-chròice,  
 'S Mactalla 'ga fhàgail féin bodhar  
 A' freagairt nan gaodhar 'san tòireachd.

Ciod e ged tha 'chàileachd-san fallain?  
 Ciod e ged mar dhealan tha 'luathas?  
 'Se siùbhlaiche 'n fhirich a ghéilleas—  
 'Se foill, a laoch thréin! a thug buaidh ort.

O c' àit' 'bheil na badannan uaine  
 'S an cluinnear bho'n chuaich a ciad òran?  
 'S an cinn anns a' gheamhradh na flùrain,  
 Mar Dhùil ann am broilleach Eu-dòchais?

O c' àit' 'bheil na h-òighean a's gile?  
 O c' àit' an tric filidh ri dàn doibh?  
 O c' àit' ach mu bhruachaibh Loch-du'ich?  
 Slàn leat, 'Loch mo chridhe! nis slàn leat.

## DO 'N UISEIG,

R'A H-'ORAN FEASGAIR.

'Fhilidh éibhinn  
Sin, a dh'èireas  
Do na spèuraibh,  
Far nach léur dhomh—  
'S mi ga d' éisdeachd,  
'S tric mi 'g éigheadh  
'N ann 'o *shéraph*  
'Ghoid thu gleus an òrain siu?

O, 'eòin mo rúin,  
'S na ribheid chiùin,—  
Le d' rann gun smùr,  
'S le d' phronntachd lùth'r,  
Tha mi 'n leth-dhùil  
Gur spiorad thu  
Bha fada 'n dùn,  
Far nach mill ùine òigealachd.

An guth o 'n chlàr  
 Chuir gean air Saul  
 Bàrd bheag mo ghràidh ?  
 No 'n Oisein àigh  
 Tha 'd riochd, gu h-àrd ?  
 O! Rìgh nam Bàrd!  
 Ma's e, cha nàr  
 Ged tha 'n ceòl tlàth 'toirt dheòire bhuan.

A Mhic nan neul,  
 Tha guth do bheil  
 A' cur 'an ceill  
 Gu'm bheil thu 'n gaol:—  
 Gun dol do'n t-saogh'l  
 Os ceann nan reul,  
 Cha n-fhaighear sgeul  
 Air dad cho nèamhaidh, shòlasach !

O! sud thu 'n àird—  
 Mar chaidh an fàidh  
 Do thìr an àigh,—  
 No anam Bàird,  
 'Nuair leaghas gràdh  
 A chridhe blàdh,  
 'S e 'seinn ä dhàin  
 Do'u ribhinn mhàit is Ceolraidh dha.



Feuch mar d' fhuair thu  
 Nis a suas ort!  
 Neòil mu'n cuairt ort,  
 Ceòl a's suainhneas;—  
 'Bheil do smuaintean,  
 Air do luaidh 'n sin?  
 No 'm fàth duain dhuit  
 Rìgh nan sluagh a ghlòireachadh?

Pill, mo leug thu!  
 Pill mu'n téid thu  
 Far nach feud mi  
 Tuillidh d' éisdeachd,  
 'S mu 'in fàg trèubhan  
 Binn nan spèuran  
 Air bheag glèusaidh  
 An clàir fèin, a dh-fhòghlum 'uait!

O! stad dhe d' dhuain,  
 Tha 'n là 'san uaigh;  
 Tha 'ghrian 'sa' chuan;  
 Tha 'n druid 'na suain;  
 Tha 'n rionnag shuas :—  
 A nuas, a nuas,  
 A's faigh do dhuais  
 'An cneas do luaidh—'se GHL'OMUIN E.

## O TILL, A LEANNAIN.

AIR FONN.—“ O bà, mo leanabh, O bà, O bà, &c.

SE'ISD.

O TILL, a leannain, O till! O till!  
O till, a leannain, O till! O till!  
Dean cabhaig, a *Mhali*,  
Bho dhùthaich nan Gallach,  
No théid mi le h-aimheal do'n chill, do'n chill.

An cailin a dh'imich di-luain, di-luain,  
O! 's minic bho sin i 'am smuain, 'am smuain,  
Le 'mìn-bhasa geala,  
'Cùl donn, 's a caol-mhala—  
Cha dùth dhomh bhi fallain bho m' uan, bho m'  
uan! \*

O till, a leannain, &c.

O thus' a gheibh sealladh de m' ghaol, de m' ghaol,  
Thoir fios dh'i gu'n robh i dhomh féin, dhomh féin,

Mar chridhe do m' bhroillcach,

Mar iùl-chairt do'n mharaich,

Mar ait-ghrèin an earraich do'n t-saogh'l do'n t-saogh'l.

O till, a leannain, &c.

O c' àite 'm bheil coimeas do m' luaidh, do m' luaidh?

Mar ròs air uchd eala tha 'gruaidh, a gruaidh;

Clàr-aghaidh a's ghile

Na 'm bainne 'ga shileadh,

No 'ghrian 's i gu laidhe 's a' chuan, 's a' chuan.

O till, a leannain, &c.

Tha 'beulan mar shuthag nan glac, nan glac;

Mar ghogan beag mcal' e, gu beachd, gu beachd;

A cìochan geal corrach,

B'e 'n coimeas dà thulach

'S iad còmhdach g' am mullach le sneachd, le sneachd.

O till, a leannain, &c.

Tha sud fo 'n dà mhalaidh 'dh'fhàs caol, 'dh'fhàs caol,

Na mìn-ruisg a's gile na 'n t-aol, na 'n t-aol,—

Dà shùil nach seall corrach,

Iad gorm mar speur earraich,

'S iad 'n impis cur thairis le gaol, le gaol!

O till, a leannain, &c.

Nam faiceadh tu 'pearsa gun mheang, gun mheang—  
 Nan cluinneadh tu 'labhairt gun sgraing, gun sgraing—

Nam biodh tu le m' chruineig

'N àm togail nan lùinneag,

Gu 'n lasadh do chridhe gun taing, gun taing.

O till, a leannain, &c.

Mo chridhe-sa! 's tusa bhios truagh, bhios truagh  
 Mar pill is' 'thog oirre gu Cluaidh, gu Cluaidh:—

Gu 'm b'fhearr na bhi maille

Ri té eil' air thalamh,

'Bhi sìnte ri m' *Mhali* 'san uaigh, 'san uaigh!

O till, a leannain, &c

## RANNAN

AIR B'AS BANACHAROID A BHA ANABARRACH GAOLACH, 'S A  
CHAOCHAIL 'NA LEANABACHID.

Chaochail i—mar neulta ruiteach  
' Bhios 'san Ear mu bhriste' fàire;—  
B' fharmaid leis a' ghréin am bòi'chead,  
Dh'círich i 'na glòir 'chur sgàil orr'!

Chaochail i—mar phlatha gréine,  
'S am faileas 'na réis 'an tòir air;  
Chaochail i—mar bhogh' nan speura,—  
Shil an fhras a's thréig a ghlòir e.

Chaochail i—mar shneachd a laidheas  
Anns an tràigh ri cois na fairge;  
Dh'aom an làn gun iochd air aghaidh—  
'Ghile O! cha b'fhada shealbhaich.

Chaochail i—mar ghuth na Clàrsaich,  
'Nuair a's drùitiche 's a's mìls' c;

Chaochail i—mar sgeulachd àluinn  
 Mu'n gann 'thòisichear r'a h-ìnnseadh.

Chaochail i—mar bhoillsge gealaich'  
 'S am maraich' fo eagal 's an dorcha ;  
 Chaochail i—mar bhruadar milis,  
 'S an cad'laiche duilich gu'n d' fhalbh e.

Chaochail i 'an tùs a h-àille!  
 Cha seachnadh *Pàrras* as féin i ;  
 Chaochail i—O ! chaochail Màiri  
 Mar gu'm bàite 'ghrian ag éiridh !

BEANNACHD DHEIREANNACH AN T-  
SEAN EILTHIRICH GHÆELICH  
LE 'DHUTHAICH.

AIR FONN.—“*Eirinn gu Bràth.*”

Bha long nan crann caol mach o Mhaol dhubh Chinn-  
tìre,—

Air bòrd bha iad lìonmhor 'dh'-fhàg Tìr nam Beann  
àrd;

Bha 'ghrian ann à glòir anns a' mhòr-chuan a'  
sìoladh :—

Cìod e so ' chuir mì-ghean air laoch a' chùil bhàin?

O, cha 'n e 'mhuir dhùmhail 'dh fhàg Dùghall fo  
champar,—

'Tha 'n deur air a shùil, ach 's e dhùthaich thug ann  
sud,

'S e 'coimhead, fad' uaithe, nan cruach b' fhearr leis  
teann air,—

Tìr bhòidheach nam Beann, ris nach pill e gu bràth.

“ Mo dhùthaich ! ” thuirt e, “ ged ’s e d’ fhàgail mo  
chruaidh-dhàn,

’S ann ort nach ’eil suarach no fuaraidh mo ghràdh ;  
Tha grinneas a’s àileachd mar b’ àbhaist riut  
fuaighte—

Gach ni mar bu dual d’a ach d’ uachd’rain gun bhàigh:  
Mo chreach! bho nach buan na laoich chruaidh sin  
nach tréigeadh

’N gleann-fraoich ’s an tùr liath, air a bhriagh’d ’s  
gu’m biodh céin-thir,

Tha Gàidheil ’gam fògradh mar cheò bharr do shléibh-  
tean,

’S ma lean riut Cinn-fheadhu’ ’s ann air caoirich a  
mhàin !

A Bhreatuinn, ’n àm dùsgaidh ’thoirt sgiùrsaidh do d’  
nàimhdibh,

Co b’ àire na ’n Gàidheal gu éiridh leat suas ?

An cuimhu’ leat na dhòirt e de ’n dearg-fhuil ’nad  
bhlàraibh ?

’S ’n e nis bhi ’ga fhògradh gu bràth bhuait a  
dhuais ?

Seadh, ’fhògradh ’thoirt àite do phràbar na beurla—  
B’ e ’m ploc ’an uchd màth’r sud ’an àite a ceud-  
ghin !



A Ghàeldachd! a Ghàeldachd! b'è d' fhàgail, a  
gèugan

A ghearradh bho 'n chraoibh, 's iad a' crìonadh 's an  
fhuachd.

'Thìr steallaireach, alltach, ard-choillteach, thiugh-  
sprèidheach—

'Thìr àiridheach, fhraoch-shliosach, ghorm-lochach,  
àrd;

'Thìr bhreacanach, cheòlraidheach, òranach, aoidh-  
each,

Bu tu tìr nan sgéul, dachaidh ghreadhnach nam  
Bàrd!

Ach co 'an tìr chéin a ni 'n sgeulachd a dhùsgadh?

Co 'thogas an t-òran 'bhiodh sòlasach- tùirseach?

Co 'bheanas do 'n chlàrsaich, 's na h-òighean air  
ùrlar?

No 'ghleusas a' phìob 'thogail inntinn nan sàr?

O, m' òige! 's tu mheall mi!—bha àm 'us cha n-fhac'  
mi,

—Mar uiseag nan cnoc—ach cuis taitneis 'us sunnd;

Measg gaoil agus càirdeis 'us slàinte 'us pailteis,

Bha m' aigne cho reachdmhor ri bricein 'am bùrn:

O m' anam! 'd c ni thu bhì 'cuimhneachadh suaimh-  
neis—

Feall-shonas a dh' fhàg thu gu bràth,—'us bu luath  
sin!

Cha pill e an t-òg-mhìos air ròsan bhi 'bruadar,  
'S cha tog e mo smuairein-s' bhi 'smuainteach' air  
muirn.

A rionnag ud shuas, 's tuille 's luath rinn thu  
dùsgadh!

Tha 'ghlòmuin air crùban air dùthaich mo ghaoil;  
Tha 'ghealach gu càirdeil a' snámh thar a stùch-  
dan,

Ach monadh no stùchd nis do m' shùilibh-s' cha  
leur!

A lochrana rìombach! 's ann ribhse tha m' fhar-  
mad,—

Ged ruaigeas an là sibh á' làth'ir tìr nan garbh-  
chrioch,

Gu 'm pill sibh gu gàireach 'chur fàilt' oirr' gach  
anamoch:—

Mo thruaigh! cha bu searbh ach bhi 'falbh uaipe  
chaidh.

A Bhan-rìgh nan cuan, soraidh bluan nis bho m' chrì  
leat—

'S an uair 'bhios tu 'd shìneadh 's an ùir fo iochd  
chàich,

Bì'dh d' ionndrain gun stàth air na h-àrmuinn nach  
dìbreadh

An àr-fhaich a chaidh fhad 's bhiodh cinn air an  
nàmh:

Uair eile—'s gu bràth—soraidh slàn leat, mo dhùth-  
aich!

S ged bheuchdas na cuaintean, gu h-uaign, eadar  
thù 's mi,

Cha téid thu á' m' smuain gus an suain anns an ùir  
dhomh:

Mo dhùthaich! mo dhùthaich!"—Sguir Dùghall de  
'dhàn.

## RANNAN

AIR BUACHAILLE 'BH'ANN AM BAILE 'ARAIDH, AIR DIA  
GUN BHITH AONA CHUID "SONA NO SAOITHREACH."

A bhuachaille sgèth, gun ròrum,

A bhuachaille 's brònaich' na 'chuileag!

'Fhir leis nach cinneadh 'm pòr clòidheach,

'S a dh'fhàg 's na puill-mhòin' ar cuid mhullag,—

'Fhir air an deach' "uisge nan uibhean"

Fada mu'n deach' uisge d' ainm' ort,

Nam biodh tannasgan aig brùidean

Cha bu chùis duit siubhall anamoch!

A dheadh charaid nan ceann-simid,

Ged fhaigheadh am fitheach ri bàs thu,

'N deigh na chuir thu 'n car a rùchdain

'Bhi ri d' shùilibh gu 'm bu nàr dha;—

'Fhir 'bha math ris an dearc-luachrach,

Ma 's ann bhuainn a nis a théid thu,

Bi'dh na muileagan fo mhì-ghean—

Cha bhi uibhir brìgh 's na féith'chan!

Nam b'e 'in màireach crìoch do bheatha,  
 S ionadh ceith'r-chasach bhiodh brònach,  
 Eadar chon, chat-fhia'ich, a's thaghan,  
 Bhiasda-dubha, agus fhòc'lan;—  
 Cha n-'eil gin diubh air do sgàth-se  
 Nach d' fhuair uair no dhà lan sgròbain,  
 'S ged nach tigeadh iad gu d' thìodhlac',  
 Bhiodh gach aon diubh 'sileadh dheòire.

O! 'fhir a's luaithe le leathad,  
 'S a's fhaid' air deireadh 'n àm dìreadh,  
 Cha na-ann idir a réir d' àirde  
 'Chluicheadh tu do spàin aig dìota:  
 'S tearc, gu cinnteach, siubhal chruach thu,  
 Ach an corr uair suas a théid thu,  
 Cha n-'eil binnein air an gluais thu  
 Air nach faicear *Buachail-bréige!*

## ÒRAN

AIR DO LEANNAN AN 'UGHDAIR A BHI GU TINN.

AIR FONN.—“*Hug ocht mar tha mi 'nochd 's mi 'm aonar.*” &c.

Bi 'falbh, bi 'falbh ort, a Gheamhraidh ghruamaieh!  
Air fonn a's cuan geda rinn thu stròichdeadh—  
An saogli'l ged spùinn thu gu léir, nan eaomhnadh  
Tù Ròs mo ghaoil-sa, eha bhithinn brònach.

SE'ISD.

O, tilleadh slàinte gu h-ealamh 'n fhlùran—  
An cailin ùr bha mar bheatha dhòmhsa!  
A ghaoil, ma théid thu do 'n leabaidh iosail,  
Cha 'n fhada 'n tìm gus an laidh mi còmh' riut!

A Sheònaid mhìogaeh! nam bitheadh ìoeshlaint  
'Am fuil mo ehir duit, bu leat le m' dheoin i;  
Air beul a' bhàis 's ann a dheanainn gàire  
Nau b' ann 'ad àite-se 'bhiteadh 'm leònadh.  
O, tilleadh slàinte, &c.

O'n fhuair mi cunntas mo ghaol bli ciùirte,  
 Mar chraoibh gun rùsg mi, mar luing gun seòl  
 mi;

No eun 's a' choill an tràth chi e 'm fìr-eun,  
 'S a chèile dìleas 'g a toirt 'na spòig leis!  
 O, tilleadh slàinte, &c.

Cha toigh leam oiche,—gach reul 'ni soillse  
 Bheir iad 'am chuimhne do mheall-shùil mhòdh-  
 ar,

'S a' ghrian ag éiridh 's ann leagas m' inntinn,  
 Oir thig c 'in smaointibh, Mar sud bha Seònaid.  
 O, tilleadh slàinte, &c.

'S tric madainn ghlé ghrinn aig latha déurach;  
 'Se 'm flùr a's ceutaich' 'n ar sealladh 'n còmh-  
 naigh

A's luaithe 'chrìonas,—'s ge cruaidh e' 's fìor e—  
 An cneas a's mìne 's e 's trice 'leònar!  
 O, tilleadh slàinte, &c.

O Earraich àluinn! greas, greas le d' bhlàth's oirnn ;  
 O thig gun dàil a's dean fallain Seònaid ;  
 B'ìdh againn dà ghrian ma ni thu slàn i;—  
 'S gun isc slàn cha bhi 'n t-Earrach bòidheach!  
 O, tilleadh slàinte, &c.

## 'TÉ BHANAIL NAN GRUAIDH RÒSACH.

AIR Fonn,—“*'Ille dhuinn, 's toigh leam thu,*” &c. no,  
“*Clachan Ghlinn-duruail.*”

SE'ISD.

O seinnibh, seinnibh, seinnibh leam,  
O seinnibh, seinnibh còmh' rium,—  
O seinnibh cliù do m' leannan-sa,  
Té bhanail nan gruaidh ròsach.

O seinnibh 'n uair a chithinn i  
A' tighinn ann am chòdhail,  
Cho tric 's a thréig mo bhruidhinn mi,  
'Sa chinn mo shealladh ceòmhhor.  
O seinnibh, &c.

O seinnibh 'n uair, le fàilte,  
Bhiodh a làmh gheal sìnte dhòmh-sa,  
Mar bhiodh mo chridhe 'bualadh,  
'S mi, ach beag, gu truagh le sòlas.  
O seinnibh, &c.



O seinnibh, 'n uair a dhlùth'chinn i  
Ri m' chneas, fo' dhùbhradh òg-choill,  
Mar dhiùltainn muillion Bhénus oirr'—  
B' fhearr leam i-féin na 'n còmhlan.  
O seinnibh, &c.

O seinnibh, 'n am bhi sgaradh dhuinn,  
Measg gheallaidhnean a's dheòire,  
Ri mìle saogh'l mar dhealaichinn  
G' à gleidheadh, nam biodh dòigh air!  
O seinnibh, &c.

O! seinnibh mar a bhuail am bàs  
Cho luath le 'shaighead Seònaid!  
O, guilibh! guilibh! chaochail i,—  
'S tha 'n saogh'l na neo-ni dhōmhsa!  
O seinnibh, &c.

## DO LOCH-AIC.

A Loch-aice na gnuis' chaoin— (3.)  
Gnuis ghabh gaol air a bhi ciùin,  
'S air an tric an laidh 'n gath-gréin'  
Soilleur mar uchd sèamh mo rùin!

'Oide-altruim mhaith nam breac,  
Gar an leatsa cath nan tonn,  
'S ged nach d' amais long fo bhréid  
Air d' uchd réidh riamh chur f'à bonn—

Sleat an eala 's grinne com  
'S i neo-throm air d' uchd a' snàmh,—  
Eun a's gile cneas na 'ghrian  
Sneachd nan sliabh no—leannan bàird!

'S leat bho Lochunn a's bho 'n t-Suain  
An lach bheag is uaine cùl;—  
S tric 'ga còir—'s cha n-ann 'ga feum—  
Falach-fead a's caogadh shùl.

'S leat an luinneag 'sheinneas òigh  
 'Bleodhann bhò gu tric ri d' thaobh;  
 'S leat an duan a thogas òg  
 'S e g' a còir a measg nan craobh.

Seinnidh e,—“ Tha cneas mo ghràidh  
 Geal mar chanach tlàth na glaic,  
 'S faileasan a ghaoil 'n a sùil  
 Mar tha nèamh 'an grund Loch-aic!

C'ait' an taitneach leis an earb  
 Moch a's anamoch 'bhi le 'laogh?  
 C'ait' an trice dorus dearg,  
 'Fhir nan garbh-chròc, air do thaobh?

C'ait' ach ri taobh loch mo rùin—  
 Far, aig bun nan stuchd ud thall,  
 'S ann robh uair mo chàirdean tiugh  
 Ged tha iad an diugh air chall!

O air-son a bhi leam féin  
 'Siubhal sèimh taobh loch nan sgòrr  
 'Nuair bhios gath na gealaich chaoin,  
 Nuas a' taomadh ort mar òr—

'Nuair tha duilleach, fochunn, feur  
 Fo 'n òg-bhraon a' cromadh fiuch,  
 S gun aon rionnag anns an speur  
 Nach 'eil céile dh'i 'nad uchd—

'Nuair tha 'n cìobair ann a shuain  
 'Faicinn inada'-ruadh 'na thread,  
 'S e 'dian-stuigeadh nan con luath  
 Gu bhì shuas mu 'n dean e beud:

Sud an 't-am 'sam bì ri d' thaobh  
 Ceòl a mhaoth'cheas clis gach crìdh ;—  
 Sud an t-am 'san tug thu gràdh,  
 'Shìne bhàn! do 'n fhilidh shìth.

'Tional ghobhra air dh'i bhì  
 'N Coire-'n-t.sìth aon fheasgar Màigh,  
 Chualas guth ro-mhilis, shèamh—  
 Shaoil i nèamh a bhì aig làimh

Dh' éisd i,—'s mar bu mhotha dh'éisid,  
 'Sann bu bhinne teud a chiùil ;  
 Lcan i,—'s mar a b' fhaide lcan,  
 'S ann a b' fhaid' e as, mo dhùil.

Rainig i, mu dheireadh, cnoc,—  
 Dorus fosguilt air a suas,  
 'S dh' fhairich i gur ann bho sin  
 Bhruichd an ceòl bu bhlasda fuaim.

“ Thig a's taigh, a Shìne bhàn!  
 Thig, a ghràidh, gun cagal beud ;  
 Fench an oiche dhubh m' an cuairt—  
 'S fada bhuit do dhachaidh féin.”

Chaidh i 's taigh—ma's fìor mo sgeul—

Thuit i 'n gaol air fear a chiùil!

Dh' òl i 'n deoch bu deoch do chàch, (4.)

'S tuilleadh riamh cha d'fhàg i 'n dùn.

## GLEANNAN NAM FLÙR.

AIR FÒNN,—“*Tha boineid bheag bhiorach air Alasdair garbh,*” &c.

“O tiugainn,” thuir Cailean, “do Ghleannan nam flùr,

Tha gorm-dhearca chean’ ann cho tiugh ris an driùchd,

’S an t-suthag ’bheir minic ’am aire do bhilean—  
O tiugainn g’ an sireadh, O tiugainn, a ruin!”

“C’ arson,” fhreagair *Mali*, “nach rachainn do ’n ghleann?”

’S air falbh thug i oirre le Cailean ’na deann,—  
Ged ’s tric thu’irt a *mami*, gu bràth fhad ’sa dh’ fhanadh

E fada bho ’n t-sionnach nach b’ eagal do ’n mheann.

“Tha ’n lagan so doilleur, tha ’ choille ’n so àrd,  
Tha ’n lònnan so tioran, gun duine aig làimh—  
Dean suidhe, a leannain, ’us leigeamaid anail,—  
Mar meallta mi ’m bharail, tha ’n broilleach sin tlàth.”

“ A Chailein! a Chailein! leig mise air falbh”—

“ A *Mhali*, a *Mhali*, b' e sin e, gu dearbh!

Tha rùm ann am bhroilleach, a rùn ghil, na caraich,

'S gu 'n seinn mi dhuit ceileir nach fairich thu searbh.”

A ghruagaichean, fanaibh o leannanachd chluan—

Cha seas chòir an teine an eighe féin fuar:—

Ciod thachair 's a' bharrach cha n-fhaod sibh bli  
farraid,

Ach, goirid 'na dheighe, chaidh *creathall* chur suas!

## RÒSAN AN LETH-BHAILE.

AIR FÒNN,—“ *Mòr, nì'an a' Ghiobarlain.*”

### LUINNEAG.

AIR fail ithil óro, hugó, c' uime 'n ceilinn e,  
Air fail ithil óro, hugó, c' uime 'n ceilinn e,  
Gu 'in bheil mo shaogh'l mar bhruadar?—'s e 's dual  
dhomh bhí deireasach  
'S mo ghaol air bheagan dòchais air Ròsan an Leth-  
bhaile.

O, cha n-e cruath's na gaoithe an raoir chum o m'  
chadal mi,  
A's idir cha n-è 'm fuachd 'chuir a gluasad le fadal  
mi ;  
'S ann tha ceann-fàth mo smuairein 's mo smuaintibh  
air fad a nis  
'N riochd caileige ro bhòidheach tha 'n Còmhl' nan  
slios badanach.

Air fail, &c.



'Fhir 'thainig thar Loch-fine, nach innis thu dhomh,  
guidheam ort—

Am faca tu 'n té bhòidheach a leòn thu a' chridhe  
mi ?

An cuala tu 'n té chaoimhneil a' faighneachd mu m'  
dhibhinn-sa ?

An d' innis thu mar thà mi,—'s gur bàs dhomh mar  
feith i rium ?

Air fail, &c.

O, beannachd air an rìbhinn! beul sìos air fear a  
charadh i ;

Mar nearachd a gheibh lànfh rith,'—'bhi bhuaipe fàth  
mo sgaraidh 'n diugh ;

Bhuail saighdean geur a gràidh mi—cha d' fhàg iad  
crioman fallain diom ;—

'S an thàinig orm a gaol ceart mar thig air craoibh an  
dealanach.

Air fail, &c.

Am fac' thu reul na Glòmuin 'caoin-dheàrsadh tre  
neòil bhainne-gheal ?

Mar sud tha meall-shùil m' eudail fo rosga maotli-  
mhìn, tana-gheal ;

Tha cùl nan iomadh fàinneag a nuas m' a bràigh a's  
grinne dreach,

Mar ghath na gealaich làin oiche shàmhaich air liune  
mach.

Air fail, &c.

Nam faiceadh tu cneas rìomhach a cuim is glan  
suidheachadh,

Cha b' iongantach leat è ged bu nèamh leam bhi  
'laidhe 'n sud ;

Tha caoimhneas, gean 'us tròcair 'us neò-chiontachid  
's taigh 'an sud ;—

'S ann air-san 'bhios an loinn 'gheibh, gun roinn, gaol  
a' chridh' tha 'n sud.

Air fail, &c.

Cha n-iongantach mo luaidh-sa bhi suairce, glan,  
finealta,—

Cha n-ann a measg a' chrìonaich tha 'm freunh o 'n  
do ghineadh i ;—

Tha 'gheug de stoc is àirde, 's tha bhlàth air mar  
chinnich i ;

'S ged tha i fhathast uaine, tha 'buain air aire iomadh  
fear.

Air fail, &c.

Ach cha n-fhaigh h-aon diubh m' uan geal!—Ma's  
gaol tha bhuaipe, 's urrainn mi

An tuile thoirt leam féin dh' i na tha deich ceud  
dhiubh murrach air—

'Bhi sodanach 'n a sòlas, 'bhi brònach 'n uair is  
tuireadh dh'i,—

Seadh, fuil mo chridhe 'thaomadh, nam b' e sud féin  
a h-uireasbhuidh !

Air fail, &c.

S mi 'n so—gun fhios do chàch cionn—mar shneachid  
ri blàth's, a' leaghadh as,—

“Nach iongantach,” deir h-aon, “mar tha fear nan  
dàn a' caitheamh as?”

“Se cagar cuid, “Ghabh sùil e;”—cuid eil’, “Tha  
tùs a' chaathaich air:”—

Ach O! 's e 'n gaol a chràidh mi; 's i 'n Ròs a  
mhàin mo lighiche!

Air fail, &c.

O, 's truagh nach robh mi 's m' eudail le chéile 'n cois  
nam bruthach ud,

Ag iomain spréidh 'sa' mànrán fo sgàil nam preasa  
dubharach;—

Gu 'n seinninn d'i mo dhanag 's gu 'm buaininn d'i  
na suthagan,

'S gun caitheamaid air saogh'l ceart cho aoblach ris na  
cuthagan!

Air fail, &c.

## MO LEANNAN BEAG.

AIR FÒNN,—“ *A nighean bhuidh-bhàn nam fulbhadh tu leam,*” &c.

SE'ISD.

A leannain bhig a' bheòilein bhinn—  
A leannain bhig a' bheòilein bhinn—  
O Iseabal an òr-fhuilt ghrinn!  
Gur h-iomadh loinn a chì mi ort.

Chi mi gruaidh mar neòil na fàire,  
Lagan beag, 'n uair ni thu gàir', innt';  
Chi mi plath, air leam, de Phàrras  
Ann ad bhlàth-shùil mhìogaich, ghuirm.

Chì mi uchd mar uchd na faoilinn—  
Uchd a ghrinneis, uchd a ghaoil e!  
Cìochan geal, mar chop an t-saobh-shruth,  
'Dcàrsadh caoin troi' 'n t-sìoda 'n sud.

A leannain bhig, &c.

Chi mi muinneal mar an grian-ghath  
 'Laidheas air an t-sneachd 'sa' chriathraich ;  
 Mar shreath neòinean do dheud ciatach,  
 Dlùth, geal, rianail, dìonach, cruinn.  
 A leannain, &c.

Chi mi mìn-bhas nam meur slatach,  
 Chi mi cùl nan canag daite,  
 'S iad mar shruthain de 'n òr leaghte,  
 Sìos gu d' chrìos 'n am mìlte cuairt.  
 A leannain, &c.

Chi mi—ged is ann air éiginn —  
 Dà chiùin-mhal' air sneachd-chlàr d' eudainn,  
 'S dreach an ròis fo dhriùchd a' Chéitein,  
 Air do bheulan mìn-bhriathrach.  
 A leannain, &c.

Chi mi thu mar chraoibh 's a' ghàradh,—  
 Gach aon mheanglan d'i fo bhlàth tiugh,  
 Driùchd nan speur a' tearnadh tlàth oirr',  
 'S eòin 'na bàrr gu sìor a' seinn.  
 A leannain, &c.

## RANNAN

Air Tàilleara's Greusaicha bh' ann an Iochdar Chòmhair, a thog orra dh' iasgach an Sgadain, 's iad air marachd tur aineolach.

AIR FONN,—“ *Dìridh mi 'tearaidh mi, 'n cruadal,*” &c.

### SE'ISD.

Och a's ochain, mo thùrsa!  
'S mor tha 'n saogh'l 'dol á 'chùrsa—  
Amhsain threun a' toirt sùith orr',  
'S coilich-dhùnain 'toirt cuain orr'!

'S iomadh car 'thig air daoine  
Eadar creathall 'us caochladh;  
Nì cha n-fhoghainn, 's an t-saogh'l so,  
Ach muir réidh do luchd-fuaigheal!  
Och a's ochain, &c.

Ars' am Minidh, 's e 'dùsgadh,  
“ Co bhiodh 'g obair measg ùillidh ?”  
Fhreagair Snàth'dag 'an cùil e—  
“ Cha n-e 'n *clùdadh* 's mò buannachd!”  
Och a's ochain, &c.

'S thug iad mionn nach robh faoin asd'  
Gu 'm b'i 'mharachd an t-aon nì ;—

Fhuair iad sgoth air tràigh, sgreubhte,

'S chuir iad spéideil gu cuan i.

Och a's ochain, &c.

Seall a nis air a' chàraid

'Cur a h-uidheam 'an àird rith' ;—

'S ann theap *Neptune* féin sgàineadh,

'Cur ri gàir'chdaich 'san uair orr'.

Och a's ochain, &c.

Faic a nis i f'a h-éideadh,

'S iad a' cag'raich r'a chéile,—

“ O! nach breàgh i! nach treun i!

Heth! a dhaoine, nach luath i!”

Och a's ochain, &c.

Ach 'n uair dh' éirich muir dhùmhail,

Chaidh a' bhòilich air chùl clis,

'S thuirt am Minidh—“ B' fhearr dùbailt

Bhi aig dùnan 'san uair so!

Och a's ochain, &c.

'S mar bha 'n taoim 'dol an àirdead

B' e sud guileag na Snàth'daig—

“ A mhinidh dhuibh, tha mo bhàs ort!

Chaidh cha bhàiteadh aig luath mi.”

Och a's ochain, &c.

Ciod an stàth dhomh bhi 'g innseadh

Mar a theab iad a lìonadh—

Mar a theich iad gu tìr leath'—

'S mar a phill iad ri 'm fuaigheal!

Och a's ochain, &c.



## NA H-ÒIGHEAN.

AIR FONN.—“*Mo nighean dubh, dh'fhàs bòidheach,  
dubh,*” &c.

SE'ISD.

O! sgàth nan craobh, 'us òigh ri m' thaobh,  
O, sgàth nan craobh thoir dhòmh-sa!  
Ged dh' fhàg iad tric mo chadal faoin  
Gur toigh leam féin na h-òighean.

Air falbh le urram, uaisl' a's stràic,

Air falbh le càrnadh stòrais—

Air falbh le 'h-uile nì bhuam fhéin

Ach gean 'us gaol nan òg-bhan.

O! sgàth nan craobh, &c.

Aín bheil thu 'n so 'an cruitheachd A'àimh

Fear leis nach àill an còmhlán?

Ma thà, gabh dhachaidh thun do mhàth'r,—

Cliabh-beag, gun dàil, a's còt' ort!

O! sgàth nan craobh, &c.

Mu 'n gann a dh' fhàg mi fèin an glùn.  
 Rinn buinneag dhiu mo leònadh;  
 Mu 'm eòl domh làmh dheas seach làmh chli,  
 Cha n-fhaighinn sìth ach còmh' riuth.  
 O! sgàth nan craobh, &c.

Ni 'n gaol an duine caothaich ciùin,  
 An luirist ni e spòrsail;  
 An saogh'ltach ma bhios idir suaire,  
 'S ann mar ri gruagaich bhòidhich.  
 O! sgàth nan craobh, &c.

An gille caoin 'bheir glaine 's gaol,  
 Gheibh e de 'n t-saogh'l na dh' fhòghnas;  
 'S ann cridhe crìon, gun taing d'a strì,  
 Bi'dh gainne 's dith 'an tòir air.  
 O! sgàth nan craobh, &c.

## RANNAN CUMHAIDH

AIR CLUINNINN GU'N DO CHAOCHAIL \*\*\*\*\* \*\*

---

“ Ach ni 'n tosd do m' chlarsaich féin,  
Bi'dh iomradh mo ghaoil 'am dhan;  
Cluinnidh an t-ainéal an fhuaim,  
'S 'aghaidh air uairibh gu lar.' ”

OISIAN.

---

Och, mo chridhe! ciod e'n ceòlan  
'Dh'fhuadaicheas dubh-nèoil do chràidh-se?  
Cha n-e fonn nam feadan gleusach,  
No ceòl theud an diugh ni stàth dhuit!

'N uair tha 'n sruth bu shunndaich' mánran  
Air a ghlasadh 'n àird gu buileach—  
Gach aon dùil air mise fhàgail—  
Geug mo ghaoil air làr gun duilleach—

'N uair tha Reul na Mais' air triall bhuainn;  
'N uair a dhubhadh Grian an t-Suairceis—  
'N uair tha 'n cridhe 'bh' anns a' chliabh so,  
Anns an dus, gun mhiann air gluasad;—

N uair 'se ùrlar fliuch n h-uaigne,  
 Th' aig mo luaidh mar leaba-phòsaidh—  
 'N uair 'se 'm Bàs fear-bainnse m' uain-sa,  
 Co nach sileadh cuan de dheòiribh?

A Bhàis! an do shaoil thu nach b' eòl domh  
 Gu leòir dhe d' ainiochd roi' 'n uair so,  
 'S gu ruigeadh tu leas tuille còmhdach  
 'Thoirt dhomh air, le Seònaid a bhualadh?

Nam b' eòl duit gach buaidh a bh' air m' eudail,  
 'S mo staid-sa,—ge h-eutrom do thròcair,  
 Gur gearbh leam, an déigh dhuit a reubadh,  
 Gu 'n sileadh tu féin na deòire.

Ciod e dhòmhsa teachd an Earraich?  
 Dhich'nich m' uiseag-sa 'bhi ceòlmhor;  
 Bhrist an doinionn Geug mo shùgraidh—  
 'Mhill an reotha Flùr mo shòlais!

Faodaidh 'n eala, faodaidh 'n smeòrach,  
 Faodaidh 'n ròs a nis bhi uaibhreach;  
 Deanadh grian na Maidne sòlas—  
 Cha toir Seònaid tuille buaidh orr'.

C' àit' bheil siblis'—a luchd an tuaileis?  
 Deanuibh uaill,—nach tric, gu diamhain,

B àill leibh m' eudail dheanadh fuar rium?  
 Feuch mar d' fhuair sibh 'nochd ur n-iarrtas!

Aig an oiche 's fliuich' tha rionnag,  
 Tha grian aig an latha 's gruamaich';  
 'S cha bhi 'n geamhradh daonnan fionnar,  
 Ged tha m' aimheal-sa gu h-uaigne.

Ann an sna'inn na Beatha truaigh so  
 Tha deich tuaitheal mar aon réidh-char;  
 'S far am b' ionmhuinne leinn buan e,  
 'S ann a's luaith', gu tric, a ghéilleas.

'S minic gur i 'chraobh a's grinne  
 A ni 'n dealanach a stròiceadh;  
 S minic gur e 'n t-eun a's binne  
 A ni 'n t-seobhag nimh a leònadh:—

'N ròs a's grinne dath 'sa' ghàradh  
 'Se gun dàil a théid a ghlacadh;  
 S, Och nan och! an cridhe 's blàithe  
 'Se 's luaith' 'chàirear fo na leachdaibh!

Co b' e 'thuirt riut " Tìr na Dì-chuimhn',"'  
 'Uaigne dhubh! cha b' fhìrinn dha sud;  
 Dhoibhsan a bheir luchd an gaoil duit,  
 Tìr an *cuimhn'* thu,—tìr an cràidh thu!

C' uime, 'Sheònaid, rinn thu m' fhàgail ?  
 Riamh cha b' àill leat mi bhi tùrsach;  
 C' uime 'n sud dh' fhàg iad thu 'd aonar,  
 'S rum gu leòir do d' leannan dlùth ort?

Ma tha cead, a rùin, aig spioraid  
 Comunn 'chumail ri neach saogh'lda,  
 Biosa tric a' tigh'n gu d' leannan—  
 Bi'dh do thannasg féin leis gaolach!

Innis dhomh, 'n tràth bhios mo dheòiribh  
 Os ceann d' fhòid ro throm a' sileadh—  
 Innis dhomh, ged robh na 's leòir ann,  
 Nach 'eil Seònaid 'an sud uile.

Innis dhomh gu 'm bheil i 'deàrsadh  
 'N tìr an àigh, os ceann na gréine;  
 'S nach 'eil aingeal ann am Pàrras  
 A bheir bàrr air maise m' eudail!—

Innis dhomh an déigh sud uile,  
 Ged tha i 'am meadhonn suaimhneis,  
 Nach do leig i mis' air dì-chuimhn',—  
 'S gu 'm bu chaomh leath' mi 'bhi shuas leath'.

Tha mi 'tighinn, 'Aingil ghràdhaich!  
 'S cinnteach mi, nan deanadh maitheas  
 Aon neach tuille 's h-aon a shàbhladh,  
 Air do sgàth gu 'm faighinn flaitheas!

## PURGATAIREACHD.

'Thuir Casan-casruisgte, " bi'dh sneachd,  
Tha eagal orm, 'am Purgat'reachd;"—  
" Bidh 'm pathadh ann," thuir fear an òil—  
" Cean mhnathan", arsa Toil-na-Feòl';  
" Bi'dh 'n déideadh ann," thuir Gob-na-caoidh;  
" Bi'dh gleadhraich ann," thuir Ceann-na-sìth—  
" Na maoir," thuir Bi-an-ainnheach-spàirrt,  
" A's tiolpadairean," thuir am Bàrd ;—  
Thuir Trang-ri-tachus anns a' chùil,—  
Bi'dh pailteas dheargan ann, co dhiù!

A leugh'dair, cluinn,

A's creid mo rann:—

Thoir breith air càch a réir do chridhe féin

'S cha robh—cha bli do bharail chaoidh ach claon.

## DUANAG.

Air dà bhean ann an Ceann-tìre, a bha ro-dhéidheil air a' phìob-thombac, agus té dhiu féin, le fala-dhà, air iarraidh air an ùghdair rann a dheanadh dhoibh.

AIR FÒNN,—“*Hùthil othan, ò,*” &c. no,

“*Buy broom besoms.*”

Giorsal òg a bhos,  
Seana Ghiorsal shìos—  
Cha 'n fhaic mi 'nan gros  
Mionaid ach a phìob.

SE'ISD.

Fuich! a's fire, faire!  
Och a's ochain, ù!  
Ub! ub! ub! mo sgaradh!  
'S iomadh muc 'san dù'ich.



Sud iad dhuit mu 'n teallaich

'Cur na toite 'n àird,—

Fasan dubh nan cailleach

Bhios a' breith nan ceàrd!

Fuich, &c.

Chunnaic thu 'mhuc-mhara

'Nuair a ni i séid,—

Ceò à' teachd á Coire—

Faloisg air na sléibht'—

Fuich, &c.

'S faoin sud seach an deatach

Bhios gu tric ag iadh'

Bho 'm buis dhubha, chabach,

Do 'm bheil toit mar dhia!

Fuich, &c.

Mar dhà bhàta-smùid iad

Comh-stridh air son geall ;—

Ceamar, le 'n cuid ùinich

Nach bi 'n tùt air chall?

Fuich, &c.

Ceamar ni na càrdan

Colum dhoibh no clòdh

'N uair tha 'chutag ghràineil

Mar an ceud-ghin leò?

Fuich, &c.

Cutag dhubh na bidse !

B' fhearr nach d' thain' i riamh ;—

Chuir i crìoch air sguidse,

Thug i 'm bàs do 'n t-sniamh.

Fuich, &c.

Mar an treud a ruagadh

Roimhe so a mach ;

Iochadar dubh a chuain doibh,

Mnathan an tombac !

Fuich, &c.

## MÒRAG.

AIR FÖNN,—“ *Hithill uthill agus ð, hithill ð horiun-  
nan,*” &c.

## LUINNEAG.

'S toigh leam, 's toigh leam, s' toigh leam féin—  
'S toig leam féin Mòrag O,  
'S toigh leam, 's toigh leam, 's toigh leam féin—  
'S toigh leam féin Mòrag O,  
'S toigh leam, 's toigh leam, 's toigh leam féin  
Grian mo ghaoil, Mòrag O,—  
'S toigh leam féin Reul nam buadh,  
'S tric mi 'm shuain còmhla rith'.

Cha n-e 'n sneachd air a' mhullach,  
'S grian an Earraich a' deàrsadh air—  
Cha n-e neòinean na dalach—  
'S cha n-i 'n eala, ge h-àluinn i,  
'Chuirinn mionaid 'an coimeas  
Ris an ainnir so 'shàraich mi ;  
'S i mar bhith as na speuraibh—  
Sluagh 'g an léireadh le h-àillealachd.  
'S toigh leam, &c.

Sluagh 'g an léireadh le àilleachd  
 Ribhinn bhàn a bhedil dhuanaigaich—  
 'Se fìor ghrinnead a mànrain,  
 'S a ro mheud 's tha de 'n uan innte  
 A las teine 'nam chrì-sa,  
 'S a mheall mi gu gaol buan thoirt dh'i;  
 Bì'bh a' bruithinn m' ur Bhenus—  
 Làmh ri m' eudail bu shuarach i!  
 'S toigh leam, &c.

'Fhir a ruigeas am bail' ud,  
 Bi 'n ad earail ro' m' rùn geal-sa,  
 Té nam mìn-ghlac a's gile  
 Na sneachd-beinne na h-aon òiche;  
 Le 'cùl lìn, 'sa caol-mhala,  
 Crom, mar ghealaich as ùr 'teachd oirnn.  
 O! tha draoigheachd 'na gàire,  
 'S dallaidh deàrsadh a sùilean thu!  
 'S toigh leam, &c.

Bhuineadh sud do mo ghaol-sa,  
 Aigne aobhach na smeòraiche—  
 Dà ghruaidh chopanach, chéir-dhearg—  
 Geal-dheud réidh 'am beul ròs-bhileach;  
 Beul a b' fherr na bhì 'm rìgh leam  
 Bhi òs n-ìosal a' pògadh tric;—  
 Mar bi buil air sud tràthail,  
 S e gur tàmh dhomh gun deò fo 'n lic.  
 'S toigh leam, &c.

Ach air feothas do phógan  
 O cha n-iad tha mi 'sanntachadh,  
 'Se do chridhe bhi blàth rium,  
 'Annir ghràdhach, a b' annsa leam;  
 'S geda gheibhinn am màireach  
 Muillion òir 'us ni'an prionnsa leis,  
 Nàile b' fhearr leam deich mìl' uair  
 Nighean cìobair nam beannta fraoich.  
 'S toigh leam, &c.

'S truagh nach robh mi 'us m' eudail  
 'An gleann braonach a' mhìslein thiugh,  
 'Togail moch leis an sprèidh leath',  
 Gun bhi 'tèarnadh gu h-oiche dhubli;—  
 Cha robh 'iadsan 'bha 'n Eden  
 Riamh cho aobhach 'sa bhì'mid ann,  
 Gach aon mhionaid ri sùgradh—  
 Fàth mo dhiùbhail nach b' fhìor e 'n diugh!  
 'S toigh leam, &c.

B'e bhi 'toirmeasg do'n t-seillean  
 Teachd 'an sealladh nan sòbhragan  
 Bhi 'cur eadar mi 's m' ulaidh,  
 'S i-féin toileach 'bhi còmhla rium;  
 'S ged robh naimhdean 'am falach  
 An diugh 'cumail mo shòlais bhuam,  
 Cha n-'eil cumhachd air thalamh  
 'Ghleidheas *Sali* an còmhnaigh bhuam.  
 'S toigh leam, &c.

## AN RÒS.

Dhearc mi uair air ròs a' fàs  
Maiseach, ùr, fo dhriùchd a'Mhàigh—  
“S dearbht” thuir mi “nach bean gu bràth  
Dad do bhlàth cho bòidheach!”  
Chaidh mi seachad là 'na dhéigh,—  
Chaidh a phabadh leis a' ghaoith—  
Ceann ri leathad air, a' caoidh,  
'S bcacha breun 'ga ròspadh.

'Oigh a's aingealaiche snuadh,  
Faic 'san ròs do choimeas truagh!  
'S ceart co deas tha d' iomadh buaidh  
'Thogail fuath ri gràdh dhuit;—  
'S mar an nathair anns an tom,  
Thoir ccum mearachd, 's tha Cùl-chainnt  
Dcas gu d' bhruthadh—'s Mì-run lom  
Togaidh fonn do nàire.

## 'ÒRAN.

AIR FONN,—“ *Air fàilirinn, illirinn, uillirinn, O, 's mi  
caoidh!*” &c.

S FAD' o'n chuala mi 'n aithris,

*Nach call na gheibh caraid gu bràth;*

Ach co b' e thuirt an tùs e

'S ann 'na chadal bha 'n t-ùmaidh gun bhàigh;

S mise bheireadh mo mhionnan

*Nach do chaill e riamh cailin a ghràidh;*

Nam biodh m' eudail-s' a dhìth air,

B' fhearr leis dearg-fhuil a chrì bhi aig càch.

## LUINNEAG.

Seinn faillirinn, uillirinn,

Ochorinn O,—co shaoil

Gum biodh Foill ann am fàbhar

'Nuair 's eu-dòchas a's bàs e do 'n Ghaol?

An tràth bhitheas an uiseag  
 Anns na speuraibh gu luinneagach shuas,  
 'S tric a thig an t-eun coimheach,  
 'S gu mi-nàdurra laidhidh 'na cuaich;  
 'S ionnan sud a's mar dh'éirich  
 Dhòmh-sa, — 'n deaghaidh gach gaol thug 'sa  
 fhuair,  
 Tha mo nead iar a h-àiteach',  
 'S mar b' e sud toil mo ghràidh, cha bu chruaidh.  
 Seinn, &c.

Nam b' fhear coimheach, gun fhios dha,  
 Rinn mo choire, cha n-fhosglainn mo bheul;  
 Ach mo charaid, a's fios aig  
 Mar tha 'm broilleach so luchdaicht' le gaol—  
 'M fear a shaoil mi nach dùraicheadh  
 Seangan a chiùradh f'a cheum!  
 Ach, fo 'n chòinnich a's tlàithe  
 'S tric an nathair a's bàsmhoire beum.  
 Seinn, &c.

Tha cùl cam-bhuidh mo leannain  
 Mar gu b' ann air a thumadh 'an òr,  
 'S e m' a slinneinibh rùisgte,  
 Mar ghath-gealaich air ùr-shneachd an lòin;  
 Pearsa loinneil, gun fhiaradh,  
 Air an fheur cha bu mhiapaidh a lòd;



Gnais mar chamhanaich Céitein,  
 'N uair tha 'n uiseag 'toirt sgéil air an lò!  
 Seinn, &c.

Gnais nam meall-shùil a's guirme—  
 'S òg a dh'amais iad calg 'chur 'am chrì;  
 Gnais nan ruiteag is deirge  
 Na'n fhuil bhlàth air sneachd meanbh-gheal na  
 frìth'; \*  
 'N uair a sheinneadh tu 'n luinneag,  
 Dh 'fhaodadh còisir na coille bhi bìth ;  
 O! cha tig o làimh Nàduir  
 Tuille coimeas bean bhàn nam bas mù!  
 Seinn, &c.

'N uair bha m' aithne 'an tùs ort,  
 'Oigh 'las teine do-mhùchadh 'n am chré,  
 Bu tu 'n t-uan ann ad nàdur—  
 B' fhada 'n sionnach, a ghràidh ghil, bho d'  
 bheus ;  
 Ach a nis, ona fhuair e  
 'Bhi le 'shotal a' gluasad ri d' thaobh,  
 'S gann gu 'n tugainn mo ghealladh  
 Nach cinn m' uan air aon tearradh ris féin.  
 Seinn, &c.

Nam biodh fios aig mo leannan  
 Air an spéis a th' aig in' anam-sa dh'ì,

Fear na ceilge 's na carachd

'Si gu'n tilgeadh gu h-ealamh o 'cri:—

O! 'se foill agus cùl-chainnt

Chuir co tric' leis an Iùdas ud ì;

Amhuil dealan-dé àluinn

Ann am beairt figh'dair-spàgach nan lion!

## TAOBH LOCH-FÌNE.

AIR FONN,—“*Thug mi 'n oiche 'n raoir 'san àiridh,*” &c.

SE'ISD.

'Iseabal, an tig thu 'n Ghàeldachd ?

'Iseabal, an tig thu 'n Ghàeldachd ?

Tiugainn leam gu Taobh Loch-fine,

'S cha chuis caoidh dhuit, so mo làmh dhuit.

Tiugainn, tiugainn, 'ainnir bhòidheach!

Tiugainn leam gu tìr nan òran—

Tìr na h-ìolair' 's an daimh-chròice,

Fearann bòidheach nam beann àrda.

'Iseabal, &c.

Thain' an Samhradh buidhe, braonach,

Tha na h-uillt' air dol nan caochain,

Eòin a' seinn 'am mullach chraobhan,  
 Muir 'us speuran dhuit mar sgàthan!  
 'Iseabal, &c.

Thig, 'us cluinnidh tu mu 'n ghlòmuin—  
 Cha-n e gleadhraich chlag 'us òrd, ach  
 Srann an t-seillein, coirioll smeòraich,  
 'S co-sheirm òg-bhan air gach àiridh.  
 'Iseabal, &c.

Anns a' mhaduinn, 'n uair thig am dhuinn  
 Dùsgadh, bheir an coileach rann dhuinn,—  
 Seinnidh 'n uiseag 'thogail fonn oirnn,  
 'S cuthag air gach tom 'cur fàilt orinn.  
 'Iseabal, &c.

'S 'nuair bhios grian, 'an àird' a cùrsaidh,  
 'G ar cur tric gu dubhar dhlùth-phreas,  
 Togaidh 'n calman-fiaich ar sùgradh,  
 'S e 'toirt pùig d' a leannan sgàthach.  
 'Iseabal, &c.

Thig ar lòn duinn as an fhairge—  
 Gheibh sinn cuid deth as a' gharbhlaich,  
 'S cha bhi fear nan lannan airgid,  
 Fallain agus mor'ath 'nam làimh-sa.  
 'Iseabal, &c.

'Nuair tha 'n saogh'l gu tur air 'ùrach',  
'N uair tha 'm fraoch 'an sud fo ùr-bhlàth,  
Mil a's bainne mar am bùrn ann,  
Co nach dlù'icheadh ris a' Ghàeldachd?  
'Iseabal, &c.

## MARBHRANN AIR FEAR 'ARAID.

Fo 'n lic ud, mo chràdh!  
Tha 'n tràs' 'na laidhe  
Fear, dh' fhaotainn a ràdh,  
Bha blàth mar—eighe.

An t-ionragan àigh!  
B'e sin, mo riar, e,—  
Na *aon rag* bha é  
Gach là 'sa' bhliadhna.

Co fhad 'sa bha dòigh  
Air crò a spùinneadh,  
Cha tigeadh e beò  
Aon lò gun ùr-ni.

'S tric chunnaic mi fìn  
Na sailm 'na làmhaibh—  
— N am lasadh na pìob',  
No bhi cùl gàraidh.

O fhir 'bha cho saor  
 De 'n t-slaight ri—sionnach,  
 Bu leat do chuid féin  
 Aig féisd nan gionach.

O, 's tusa bha math  
 'Thoirt deoch do 'n phàiteach  
 —'N uair bhiodh tu leat féin  
 'An taobh taigh-tàirne

Do 'n achdrach bhochd  
 Bha thu 'toirt daonnan  
 —Nuair rachadh troi' d' ghloc  
 An t-seid gu d' chaolainn.

An lomnocht', gun ag,  
 Bu leat bhi 'còmhdach  
 —'Nuair chuireadh tu'n ad  
 Mu d' sgailc-cheann sgeòbach. (5.)

Ged bha cuid ri gaoir  
 Mu d' cheilg—na brùidean!  
 Bha thusa co saor  
 De 'n cheilg—ri *Iùdas*.

O! 's iomadach aon  
 Do 'n call do sgathadh—

An crochadair féin  
 Chaill deag phàigh-latha.

Mo chreach a's mo chràdh,  
 Le d' bhàs ri adhart  
 —Gu 'n laidh air a làimh  
 Fiach gròit 'bha 'feith' ort.

O! ceamar nach dùth  
 Do m' shùil-sa snithe,  
 'S nach d' fhuair mi thu 'd chù  
 Ach gu cùl do chridhe !



## TUIREADH NAN EILTHIREACH.

AIR FONN,—“ *Fhir a' bhàta,*” &c.

SE'ISD.

Hugorinn ù, o, na hù o éile,  
Hugorinn ù, o, na hù o éile,  
Hugorinn ù, o, na hù éile,  
'Se fàth ar tùrsaidh ar Dù'ich a thréigsinn.

A thìr an t-sùgraidh, a thìr an t-suairceis,  
A thìr nan òran bu bhòì'che fuaim leinn !  
Ged b' ann le deòiríbh, gu 'n seinn sinn duan  
dhuit;—  
C' uim' shaoileadh càch gur cion gràidh chuir bhuaith  
sinn ?

Hugorinn ù o, &c.

Cion gràidh? O chòin nach b'e sud an fhìrinn !  
Cha bhiodh ar gruaidhean 'dol bhuaith cho fìor-  
fhliuch,

Cha bhiodh ar n-osnaidhean 'brath ar mì-ghean,  
'S cha b' uaigh gu léir leinn tìr chéin nan Inns'-  
nach!

Hugorinn, ù o, &c.

'Ach thainig mùthadh air Dù'ich nam Beannta—  
S comh-ionann brìgh nis do Cheannard 's *Ainneart* ;  
Mo Thùir na pìob'reachd 's nan laochraidh b' annsa,  
Tha 'n t-uan a' mèilich, 'sa mhàthair air *sentry*.

Hugorinn ù o, &c.

C' àit' 'eil na féidh ? chaidh gu léir cur as doibh,  
Bochd ruadh no earb cha taobh learg no leachduinn ;  
O'n thain' an t-ainmhidh do 'n ainm am *factor*,  
Mheath 'h-uile nì ach e-féin 's am bragsaidh!

Hugorinn ù o, &c.

Nam biodh tu 'tighinn uair eile, 'Theàrlaich,  
'S na glinn 'san d' fhuair thu fir chruaidh gun  
àireamh,

Cha n-fhaiceadh tu ach na Dubh-ghaill ghrànda,  
'S " a' bhrigis lachdunn" air son *glas-mhàis orr*'.

Hugorinn ù o, &c.

Air son gach còmhnaigh'sam faighte 'n aoidheachd,  
Tha 'n làrach dhuaichnidh—O! uaigh na féileachd!  
Mar nead na smeòraich 'am bun na géige,  
'An déigh do 'n fhòc'lan a h-àl a reubadh!

Hugorinn ù o, &c.

A thìr ar ghaoil ! leis gach caochladh cruaidh ud,  
 'Nan déigh gu léir, tha na ceudan buaidh ort ;  
 'S ged b' ann do dh-Eden a bhiodh ar gluasad,  
 Bhiodh tìr ar gràidh 'toirt nan deur bho 'r gruaidh-  
 ean.

Hugorinn ù o, &c.

O beannachd mìl' uair le tìr nam filidh—  
 Nan laoch gun fhàillinn—nan òigh a's gile—  
 Ar n-òig'—ar n-àbhaist—ar dàimh—ar n-uille!  
 “ Cha till, cha till, O, cha till sinn tuille”!

Hugorinn ù o, &c,

## MAIREARAD.

AIR FONN.—“ *Up an' war them a', Willie.*”

SE'ISD.

Seinn, O 's cannach Mairearad!

Seinn, O 's cannach Mairearad!

Seinn, O 's cannach

Reul nan ainnir—

Gaol nam feara—Mairearad.

A Mhairearad bhàn, tha gràdh, gràdh, gràdh

'N am chridhe chaoidh nach searg dhuit ;

Mo ghrian, mo dheò, mo cheòl, cheòl, cheòl,

Mo shùgradh 'n còmhnaigh Mairearad.

Seinn, O, &c.

Cha ghaol o 'n dè m' fhear féin, féin, féin ;

'S ann thòisich e 's mi 'm bhalachan ;

'S gann dh' fhàg i chìoch 'n uair lìon, lìon, lìon

I m' uile smaointean, Mairearad.

Seinn, O, &c.

Tha 'n t-sùil a dh'fhàs gorm tlàth, tlàth, tlàth,  
 Mar fhaileas nèamh 'am balbh-shruth;  
 Bu leòir a gruaidh a theumadh sluaigh  
 'Thoirte aoraidh suas do Mhairearad!  
 Seinn, O, &c.

An caorann àrd fo bhlàdh, bhlàdh, bhlàdh,  
 A' ghrian air barr-thonn feargach  
 A' boillsgeadh tiugh—O 's dubh, dubh, dubh  
 Sud làmh ri cruth mo Mhairearaid  
 Seinn, O, &c.

Tha snuadh a beòil toirt sgeòil, sgeòil, sgeòil  
 Air mil a's blàdh nan dearg-ròs;  
 Bheir teachd an là 'sa' Mhàigh, Mhàigh, Mhàigh  
 Dhuibh beachd air àileachd Mairearaid!  
 Seinn, O &c.

Ged gheibhinn féin gu réidh, réidh, réidh  
 Té eile 's beinn de 'n dearg-òr,  
 'S ged dheainteadh mi 'nam rìgh, rìgh rìgh,  
 Bu truaghan mi gun Mhairearad.  
 Seinn, O &c.

An t-uan ni tàir air blàth's, blàth's, blath's,  
 An cù gus 'n teich bho 'n earbaig,  
 S bi'dh 'n t-iasg air thì man lìon, lìon, lìon  
 Mu 'n téid á' m' chuimhn'-sa Mairearad.  
 Seinn, O &c.

## BANTRAIICHEAN OGA.

Muileann a' feitheamh a ghràin—

Cearc nan eun 'teachd air ath-ghur—

Misgear a dh-easbhuidh an òil—

Bantrach òg a dh-easbhuidh fir.

Faigh 'n gràn, a's cha tàmh e do 'n mhuileann,—

Na h-uibhean, 's tha 'chearc os an ceann;—

Faigh 'n tòiseach, 's do 'n phòiter cha mhulad—

Fear ùr, a's gheibh *Guileag* ris clann!

## DUANAG.

AIR FONN,—“ *A thé sin air am bheil mi 'n geall,*” no,  
(*a' fùgail an t-séisd a mach*) “ *Scots wha ha'e*” &c.

### SE'ISD.

Guidheam slàn an ribhinn òg  
Bho 'n tric fhuair mi 'm chadal pòg ;—  
Nam biodh i co ghrinn 'san lò,  
B' fhearr gu mòr sud bhi 'm Rìgh.

'Fhir a théid a sìos an Caol,  
Bheir mo shoraidh-sa gu m' Ghaol,  
Ainnir ghrinn na meall-shuil chaoim—  
Rinn a ceutachd mise chlaoidh.  
Guidheam, &c.

Cha n-e 'cruth a's gile snuadh—  
Cha n-e 'guth a's binne fuaim—

Ach an nàire tha 'na gruaidh,  
 Bheir dh'i buaidh ghrad air gach crì.  
 Guidheam, &c.

Tha mo chrì-sa aice 'n sàs,  
 Leam cha n-aireach geda tha,—  
 Bheirinn iad dh' i uile slàn  
 Ged robh agam dhà no trì.  
 Guidheam, &c.

'S gile m' eudail-sa na 'n t-uan,  
 'S i co neò-chiontach 'na smuain;  
 B' fhearr leam cadal leatha 'n uaimh  
 Na bhi shuas le nighean rìgh.  
 Guidheam, &c.

Nam bu mhise 'n fhaoileag bhàn  
 Chi mi 'n sud 'an cois na tràigh'  
 'S mi nach fanadh 'an so là  
 Bhuaip', air àirdead 's gu 'm biodh sìd.  
 Guidheam, &c.

Thugaibh rìo'chdan do Mheud-mhòr,  
 Faigheadh Crìonnachd tulach òir,  
 Thugaibh dhòmhsa ulaidh 's mò—  
 Sìne bhòidheach an fhuilt lìn !  
 Guidheam, &c.



## DO DH-ABHAINN RUAILE.

[Tha 'n abhainn so 'ruith troimh Ghleann-daruail ann an Còmhal—gleann cho bòidheach 's a tha 'n Albainn. Tha e ro chòmhnard; agus am ri tuite fogharaidh, chithear e, air uairibh, rè ioma mìle 'na aon loch uisge bho thaobh gu taobh.]

A Ruail! thoill thu cliù  
Mar b'e gur tric thù  
'Toirt bho 'n tuath'nach a dhùth de 'n Fhogharadh,  
'S tu 'siubhal troimh 'n Ghleann  
Le corruich a's srann,  
Le lùban a's greann na beithire!

Tha crìoch air a bhuain,  
Tha esan 'na shuain  
A' faicinn gach sguab 'na shabhal cruinn,  
'S a dùsgadh le d' ghaoir,  
'S tric chi, air gach taobh,  
E toradh a shao'ir 'am platha leat.

O Abhainn gun stéidh!  
 'Gad choimhead an dé,  
 'Gun d' chuir thu, gun bhréig, plath-fathar orm;—  
 'An sud thu a nuas,  
 'An so thu a suas  
 Nad mhuilleine cuairteag aighearrach—

'An so thu, gu leisg,  
 Measg luachair a's reasg  
 A' gluasad gun sgairt fo 'n athar ort ;  
 'An sud thu, le fuain,  
 Dubh-shiubhal gu cuan,  
 Mar Churaidh fo ghruaim 'toirt catha air !

Bu mlinic am breac  
 Ri d' shruthaibh a' cleachd  
 'S bu chlise, 'nam bheachd, na 'n t-saighead e  
 Nuair bheireadh e leum  
 'An coinneamh na gréin,  
 'Toirt chuileag gu réidh ri leathad leis.

O iasgair ! bi clis—  
 Sud ! sud e, a nis,  
 Fo dhubhar a phris ud 'feitheamh ort ;—  
 Teich ! teich ! 'fhir nan lann,—  
 Cha sir fear nan rann  
 Gun tugte ro 'n am do bheatha bhuit.

Cha 'n iòghnadh, a Ruail,  
 Ged dh' éireadh tric d' uail,  
 'S ged robh thu do 'n chuan co tobhartach,  
 'S na tha, bho gach frìdh,  
 De dh-easan gun sgìos  
 A' tabhairt dhuit cìs le bodhar-fhuaim.

Sud beagan de 'n cheòl  
 'S tric chluinnear 'gad chòir—  
 Fead sealgair air tòir an dothar-choin,  
 Guth mheann agus uan,  
 Ceòl uiseag a's chuach,  
 'S binn-cheileir mo luaidh-s' a' bleodhann cruidh.

An t-airein, 's e sgìth  
 'Dol dhachaich, 'stric chì  
 Mu d' bhruaich a' bhean-shìth mu 'n dubharradh,—  
 Gach ròinnean 'na cheann  
 'Na sheasamh mar chrann,  
 'Us ise le srann 'toirt bruth oirre.

Far an doimhne do shruth,  
 'S tu mar bhalbhan gun ghuth,  
 Miann a bhalachain bhì muigh 'ga fhionnarach';  
 'S cha 'neo-mhinic am mor'ath,  
 Far an siubhail thu garbh,  
 'N druim fear iteach nam meanabh-bhall lannair-  
 each!

Measg nan àrd-stalladh garbh

'Sheallas sìos air an dealbh

Féin 'n ad mhìn-bhroilleach garbh, 'stric an iolaire—

(Ban-rìgh choirbte nan nial!)

Gabhail cuilme gu fial,—

S maig a bheireadh bho 'bial an cuileagan.

O Abhainn an àigh,

O Abhainn mo ghràidh,

Mo chead leat car tràth—cha tabhair mi

Dhuit trian dhe do chlàith

A chionn gur tric thù

'Toirt bho 'n tuath'nach a dhùth de 'n Fhogarradh.

## AN CAILIN 'GHOID MO CHR'I.

AIR FÒNN,—“ *Gur muladach a ta mi.*”

'An gleannan nan slios uaine  
'S mi 'gabhail cuairt an raoir,  
Bha 'n spréidh tiugh mu gach buaile,  
Bha 'n tuath'nach 'sgur d'a shao'ir  
'N uair thachair caileag mhàld' orm—  
Thuir mi, 'nuair bha i teann,  
“ Cia as tha 'm fùr 'dh' fhàs bòidheach?”  
'S ann chrom an òigh a ceann.

Bha 'sùil air dath nan dearcag,  
Bha 'falt air dreach an òir;  
Bha 'muinneal mar shneachd mìn, geal,  
'Ga chur air sìthean, fòil;  
Bha 'gruaidh mar uachdar bainne  
Air an laidheadh duilleag ròis,  
'A's gu 'n aithnichinn air a bileachan  
Gu 'n robh a' mhill d' an còir!

“ Mo lilidh, 's math leam d' fhaicinn—

C' air son a bhiodh ort nàir'?

An d' thain' thu fad' air astar?

No c' àit' am bheil thu 'tàmh'?”

Le crith-ghuth milis, banail,

Agus ruiteag 'tigh'n 'na gruaidh,

Fhreagair i, “ 'S ann tha mi 'fanachd

Mar ri m' *mhami* 'an so shuas.”

“ Mo bheannachd air a' mhà'ir sin!

Nach b' fhearr leat bhi leam fhein?

Mo bheannachd air an là sin

'S ann d' rugadh òigh co chaoin!

“ Mo bheannachd air do bheul beag—

Mar nearachd a gheibh 'phòg ;

O! ri m' bheatha bheir mi cliù ort

Ma bheir thu aon té dhòmhs'.”

Fhuair mi cead a h-aon uaip',

Chuir mi trì dhiùbh ris—

“ Tha mo mhà'ir a' glao'ich orm!—

O mi! leig dhomh as.”

“ Aon té eile, 'ghaolaich”—

“ Cha toir” bha 'beul ag ràdh,

Ged 's math dh' innis a dà shùil dhomh

Gu'n tugadh h-aon no dhà!

Gheall mi dh'i 'bhi dìleas,  
Gheall mi dh'i 'bhi caoin;  
Gheall mi dh'i da rìreadh  
Dol a sìos di-haoin';—  
Cha n-fhios domh cia mar dhealaich sinn,  
Ach cinnidh 'Ghrian féin fuar  
Mu'n leig mis' as m' aithre 'n cailin ud  
'Us Gleannan nan slìos uain'.

## DUANAG.

AIR FONN.—“ *A nighean donn an t-sùgraidh, &c.* ”

### LUINNEAG.

Mo bheannachd ort, a Mhàiri,  
A chailin chaomh nam blàth-shuil,—  
An sir thu tuille gràidh orm  
’S mo chridh’ thun sgàineadh cheana leis?

C’ air son, a bhàrda, ’s suain duibh?  
Ciod air tha sibh a’ bruadar,  
’S a liuthad mais’ us’ buaidh ’tha,  
Gun ghuth orr’, fuaight’ ri m’ leannan-sa?  
Mo bheannachd &c.

Mar ghrian-ghath air uchd fairge,  
Mar eal’ air broilleach balbh-shruth,  
Mar lilidh bheag nan tolman  
Tha gilead dealbh na cailin ud.  
Mo bheannachd &c.



Ged tha 'falt buidhe 'seòladh  
 M' a slinnein sneachd, mar òr-neul  
 Air gnuis grian-fheasgair 'Og-mhios,  
 Gur fada pròis o 'n ainmir ghrinn.  
 Mo bheannachd &c.

'S ged tha na mìlte' 'g aoradh  
 Dh'i, cha toir gin bhuan fhéin i;—  
 Biodh bàrr aig aingle 'n naomhachd,  
 Ach 's ceart co cheutach *Mali* riuth!  
 Mo bheannachd &c.

## GLEANN-DARUAIL.

AIR FONN,—“ *Mali bheag O.* ”

Tha 'n Samhradh sona, ceòlar  
Air teachd do Ghleann-daruail,  
Tha 'chuthag 'cur r'a h-òran  
'An coille Ghlinn-daruail;  
Tha 'n uiseag 'us an smeòrach  
A' seinn o mhoch gu glòmuin,  
'S Mactalla 'freagairt, deònach,  
Dhoibh uile 'n Ghleann-daruail!

O, 's lusanach na raointean  
A nis 'an Gleann-daruail—  
Deich muillion fùran éibhinn  
'Cur mais' air Gleann-daruail;—  
O Eilidh! nis nach téid thu  
Do 'n ghleann 's am bi na h-éildean?  
'S am binne nuallan spréidhe?  
Greas, greas do Ghleann-daruail!

Tha 'n t-subh air blas do mhìn-bheul  
 A nis 'an Gleann-daruail;  
 Tha 'n dearc co dubh ri d' mhìog-shuil  
 A cheana 'n Gleann-daruail—  
 Sruth fallain bho gach sìthean,  
 Driùchd meala bho gach dìthean ;—  
 Bhiodh Eden ùr seach nì ann  
 Nam biodh tu 'n Ghleann-daruail.

'N uair bhios bàird bheag nan geuga,  
 Gu moch 'an Gleann-daruail,  
 'Cur fàilt air Mac nan Speura  
 Le gean 'an Gleann-daruail,—  
 A measg nan caileag ghlé-ghrinn  
 Mu 'n todhar bi'dh mo cheud rùn  
 A' seinn—'s i 'bleodhann spréidh ann—  
 Mu mhaise Ghlinn-daruail.

Bi'dh mise 'n sin gu dàicheil  
 Feadh monadh Ghlinn-daruail,  
 Bi'dh fuil air bian an làn-daimh  
 'Am monadh Ghlinn-daruail;  
 Bi'dh coileach-dubh na dùrdail  
 Fo m' sgè tigh'n dachaidh, ciùirte,  
 'S cha n-annas breac á bùrn bhuam  
 Aig m' Eilidh 'n Gleann-daruail.

Air leam gu'm faic mi crùint' thu,  
 Ma thig thu 'Ghleann-daruail,  
 Le coron lilidh 's ùr-ròs  
 De chinneas Ghlinn-daruail—  
 Na gruagaichean a's àille  
 A 'caoidh mar thug thu bàrr orr,  
 'S a' seinn le eud "Tha Ban-righ  
 A nis 'an Gleann-daruail!"

'Nuair sgaoileas, mall, a' Ghlòmuin  
 A sgiath thar Gleann-daruail,  
 'S a laidheas tosd air òg-choill  
 Nan eun, 'an Gleann-daruail,  
 Gu'n tòir sinn cneas a chéil' oirnn—  
 Ged b' ann air beithe, 'ghaoil, duinn,  
 Cha cheannaicheadh an saogh'l bhuan  
 Thu 'n sin 'an Gleann-daruail!

## MO RO'SAN.

AIR FONN,—“ *Hi ri ri 's ho raille ò, Mo nighean donn a's  
bòidhche.*”

SE'ISD.

Thogainn, thogainn, thogainn fonn,  
Thogainn ceileir gun bhi trom—  
Bhithinn mar eun beag 'an tom  
    Nam faighinn leam mo Ròsan.

'Fhir a chualadh 'n spideag réidh  
'Seinn do 'n ghealaich air a' ghéig,  
Chual' thu samhail guth a bhéil  
    Bu mhiann leam féin bhi 'pògadh.  
                    Thogainn, thogainn, &c.

Dean de 'n ròs a's deirge snuadh  
Duilleag 'chur air sneachd an stuaigh  
'S gheibh thu dìreach dreach a gruaidh,  
    An ainneir shuairc a leòn mi.  
                    Thogainn, thogainn, &c.

An tonn-coire 's gile bàrr,  
 An tom canaich anns a chàth'r,  
 An cur sneachd mu 'n ruig e 'n làr,  
     O 's dubh seach bràigh na h-òigh ghrinn!  
                     Thogainn, thogainn, &c.

'N tug thu 'n aire 'n dealt air feur?  
 'M fac' thu faileasan nan reul  
 'Deàrsadh air gorm-uchd a' Chaoil?  
     'Sa meall-shuil chaoin nach eòl duit!  
                     Thogainn, thogainn, &c.

'S beag, a sheillein, 's beag is fiach  
 Blas do mheala làmh r'a bial,  
 'S am Bogh-fròise cha n-'eil briagh  
     'An coimeas fiamh a h-òr-fhuilt!  
                     Thogainn, thogainn, &c.

## ORAN.

AIR FONN,—“*Gra-geal mo chrì;*” air neo,  
“*The Wandering Shepherdess.*”

Teich, a Shamhraidh, le d' àilleachd—

Dh' fhalbh an là 'sam bu mhò

Leamsa caithream na fàs-choill,

No trusgan blàthmhor nan lòn;

Ciod e tuille fuaim dàin dhomh—

Ciod e fàit' air gnuis òigh,

'S ise 'mhàin 'bheireadh slàint' dhomh

Nis aig càch—'s cha b' i 'chòir!

'S i mo Mhair'rad òg bhàn-bhuidh

'Dh' fhàg an tràsa mi brùit;—

N uair a b' aithne dhomh 'n tòs i,

O! b' i Ròs nam ban ùr;

Ach 'am maduinn a bòidheche—

'N uair a b' òirdheirce 'm flùr,

Ghoid fear eile gu seòlt e,

'S dh' fhàg e dhòmhsa 'm preas rùisgt'.

'Oigh nam meall-shùilean caoimhneil,  
 'S òg a thoill thu mo ghràdh;  
 Ann an comunn nam maighdean  
 Bu tu 'n daoimean thar càch;  
 'S iomadh, 's iomadh ban-oighre  
 'Bhiodh gun fhaighneachd 'uad làth'ir;  
 M' Eden! m' Eden! 'se chiùrr mi,  
 Thu bhi dùint' orm gu bràth.

Thu bhi duint' orm, mo sgaradh!  
 'S beag an toileachas dhòmh  
 Gur e foill agus carachd  
 Thug bhuam bean a' chùil òir,—  
 Bean a' bhéil air dath 'n ùr-ròis  
 'S a' ghuth chiùin,—'s ann bu cheòl  
 Còmhradh cumanta 'bhéil sin—  
 Mo chreach 'bhi dhìth a cuid phòg!

Nam b' ùr ghallan òg, uasal,  
 'G an robh suairceas 'us cliù,  
 Bheireadh gaol dhuit, 'us buaidh ort,  
 B' fhada bhuamsa bhiodh tnuith;  
 Ach bhi 'm broilleach fuar seann-duin'  
 Gun ghaol, gun inntinn, gun lùgh—  
 B' e sud dìreach an iath-shlat  
 'Bhi dlùth a' sniamh mu stoc rùisgt'!



Ged ro' 'shoitheach air sàile,  
Ged ro' 'spréidh air gach cluain,  
Faodaidh 'chrì bhi mar stàilinn,  
Faodaidh 'chànran bhi buan ;  
Faodaidh osnaidhean gle thrìc  
A bhi 'reubadh cneas m' uain ;  
'S cha bhi mise air dì-chuimhn'  
An là bhios deur air a gruaidh !

## NA CAILEAGAN.

AIR FONN,—“*Hilù hilo hilorinnan,*” &c.

### LUINNEAG.

Gur toigh leam féin na Caileagan,  
Gur toigh leam féin na Caileagan,  
Gur toigh leam féin na h-òighean caoin  
Ge tric a theum 'sa char iad mi.

Gur toigh leam féin na h-òighean ciùin—  
Cha dean ach brùidean talach orr';  
'N an comunn grinn gach uair gheibh mì,  
Tha rìghrean leam bochd, fala', fann!  
Gur toigh &c.

Air té 'us té dhiubh bha mi 'n déidh,  
Thug h-aon 'us h-aon dhiu' 'n car asam;  
Ma dh' innseas mi an fhìrinn réidh  
'S tric rinn mi 'n t-aon nì orrasan.  
Gur toigh &c.

Am fear nach briseadh croinn 'us cailbh'  
 Bho 'm bilibh dearg a mhealladh phòg,  
 Cha n-'eil de 'n *duin'* aig' ach an dealbh—  
 'Se th' ann gu dearbh a' chailleach bhog!  
 Gur toigh, &c.

A shaogh'taich thruaigh, an cluinn thu bhuan?  
 Ge mòr do luath 'nad shealladh fein,  
 Cha tugainn uair de 'n comunn blàth  
 Air son d' uil' àgh air thalamh bhos.  
 Gur toigh, &c.

O ciod e stòr as eugmhais phòg?  
 O ciod ach ceò—cha seallainn air;  
 Mar faighinn mar ris gaol nan òigh,  
 Air crùn Rìgh Deòrsa thalaichinn.  
 Gur toigh, &c.

“ Gur dìomhanas gach nì fo 'n ghréin,”  
 Ars' Solamh caomh,—ach farraideam  
 Dhe 'n fhleasgach c'uine sguir e féin  
 'Bhi 'tabhairt gaoil do chaileagan!  
 Gur toigh, &c.

## A' CHAILEAG BHÒIDHEACH.

AIR Fonn,—“*A Mhàiri bhòidheach 's a Mhàiri ghaolach,*” &c.

SE'ISD.

Gu'n togainn fonn air a' chaileig bhòidhich,  
Gu'n togainn fonn air té dhonn nan ròs-  
ghruaidh,—

An cailin rìomhach a's mìlse còmhradh;  
Gu'n tugainn saogh'l air son gaol mo Sheònaid.

Cha n-òr 'an tasgaidh 's cha long air chuantuibh  
A dh' fhàg 'san am so mo cheann-sa luaineach,  
Cha churam spréidh 'chum an raoir o shuain mi,—  
'S e m' eagal féin gur h-e 'n gaol a bhuaill mi.

Gu 'n togainn fonn &c.

'N e 'n gaol, a ghràidh! a rinn d' fhàilte dhòmhsa  
Mar shaorsa càirdeil do 'n tràill gun dòchas?

Mar theachd a' Chéitein do choill nan sineòrach?  
 Ma 's e, gun aon ag, 's leam féin na 's leòir dheth.  
 Gu 'n togainn fonn &c.

O! 's ann tha 'n sgiamhachd ri m' chiall-sa 'n càir-  
 deas—

Mar ròs measg cainichein tha 'dearg-ghruaidh  
 nàrach;

F'a malaidh 's caoile tha 'n t-sùil is tlàithe  
 Na driùchd a' chéitein, no reul air fàire.

Gu 'n togainn fonn &c.

Gur milis ceòlan a' teachd o shìthean,  
 S cha searbh an lòn-dubh 'san òg-choill shìos ud;  
 'S binn eala bhàn 'n uair tha 'm bàs a' strì rith',  
 Ach 's binne Seònaid 'toirt sgeòil bho 'crì dhomh.

Gu 'n togainn fonn &c.

O thusa 'sheinn dhuinn co ghrinn mu 'n òigh ud  
 A ghoid do chrì air feadh coil Ghlinn-smedil uait,  
 Air Seònaid mhìogach nam biodh tu eòlach,  
 Chaidh "Màiri ghrinn" sìos do 'n chill gun òran.

Gu 'n togainn fonn &c.

A bhàrda Greugach, bho 'r cadal dùisgibh,—  
 Cha n-ann 'thoirt sgeòil duinn air *Màrs* no *Iuno*,  
 Ach 'sheinn mu Bhan-rìgh a' Ghràidh as ùr dhuinn,—  
 An *Bhenus* bheanntach so 'thoill 'bhi cliùiteach.

Gu 'n togainn fonn &c.

O 's truagh bhi daonnan air roinn ar *dàin* dhiot,  
A Shaoghail chealgaich, 'tha searbh 'nuair 's feàrr  
thu!—

Nam faigheadh truaghain corr uair an *àill* dhiot,  
Bhiodh agam Seònaid, 's an còrr aig càch dhiot.

Gu 'n togainn fonn &c.

## TEISTEANAS A GHILE DHUIBH,

(*Fleasgach a Mhuinntir Taobh Loch-atha*)

AIR DIA BHI 'CUR ROIMHE PO'SAIDH.—

AIR FONN,—“*Horò, mo nigh'n dubh, ghuanach,*” &c.

SE'ISD.

A ni'anan, togaibh luaidh leam  
Air fear aig am bheil buaile;—  
Ged tha e car beag duaichnidh,  
Tha iomadh buaidh mu'n Ghile dhubh.

Thà lasgair anns an dù'ich so  
'S e 'togairt dol a phùsadh;  
Cha duibhe bheag na 'n t-sùidh e —  
'Se 'n gonadh sùl an Gile dubh!

A ni'anan, &c.

Gu 'n innsinn dreach an òigfhir,—  
Ploc daraich 'am baclid-mòine,

'S cha mheasa leam na 'n t-òtrach  
 'Nuair thig mu m' shròin an Gile dubh.  
 A ni'anan, &c.

Tha 'n léine th'air an uasal  
 Mar sheich' air spàrr 'ga cruadh'chadh,  
 'S i ceart cho geal ri gual duibh,  
 'Na pleatan suas mu 'n Ghile dhubh!  
 A ni'anan, &c.

A' *chosaig* tha m'a bhràighe,  
 Cha sine bheag na 'n 'Airce,  
 'S cha mhò na leth-cheud càradh  
 Fhuair i bho 'n ràin' i 'n Gile dubh.  
 A ni'anan, &c.

Le 'bhrigis pheallaich ròmaich,  
 Gun fhios c' iù 's cainb no clòidh i,  
 Bu ro-mhath 'n gart, mar bhòchdan  
 Chur geilt air eòin, an Gile dubh.  
 A ni'anan, &c.

Mar ghaoiseid eich, air m' fhìrinn,  
 Tha 'chuailein fada, fìor-bhàn;  
 Mar fhraoch thug teine sgrìob air  
 Tha feusag mhìn a Ghile dhuibh.  
 A ni'anan, &c.



Am fac' sibh riamh sean ràsdal  
 Bhiodh fada 'm feum a càradh?  
 Sud coimeas na deud bheàrnaich  
 Tha freasdal càil a Ghile dhuibh.  
 A ni'anan, &c.

A *Bhoni*, ged bu chùiseil  
 An aghaidh a thug *Moore* ort,  
 Bu mheasa 'n co'ir a chùil duit,  
 A's seid 'na bhrù, an Gile dubh.  
 A ni'anan, &c.

Bha latha 's leis an stairirich  
 Shaoil sinn gu 'n d' thain' thu 'dh-Albuinn,—  
 Ach 'se bh'ann iarguinn *eunaruich*  
 Bhà 'n caolain-mheanbh a Ghile dhuibh.  
 A ni'anan, &c.

Cha 'n iongantach na h-òighean  
 Bhi 'bristeadh 'n cridhe 'n tòir air,  
 'S nach 'eil am Bàs féin mòran  
 Na 's truime 'm feòil na 'n Gile dubh!  
 A ni'anan, &c.

## O! ÌOMHAIGH 'RINN MO LEÒNADH.

AIR FONN,—“ *The Rose Tree,*” air neo,  
“ *Johnny's grey breeks.*”

O! ìomhaigh 'rinn mo leònadh,  
Nach fan thu bhuam! nach fan thu bhuam!  
O 'n theich gach uile dhòchas  
Gur dona, 'luaidh, gur dona, 'luaidh,  
Dhuit nis bhi 'magadh m' àmhghair  
Le d' shealladh caoin, le d' shealladh caoin,  
Mar rionnaig 'n uair tha 'm bàrc air  
Na stallachan, na stallachan!

Gur coma leam an samhradh,  
Le 'uile dhreach, le 'uile dhreach,  
'S cha toigheach leam an geamhradh,  
Ge geal a shneachd, ge geal a shneachd;—  
Bheir *sud* ro thrìc am smuaintibh,  
Do mhaisealachd, do mhaisealachd,  
A's *so* do chridhe fuaraidh  
Gun tlusalachd, gun tlusalachd.

O ciod, a ghaoil, a nì mi

Gu d' chur á' m' chuimhn', gu d' chur á' m'  
chuimhn'?

No c' àit' am faigh mi ìocshlaint

Do m' chridhe tinn, do m' chridhe tinn?

Tha tinneas trom a' cleachd rium,—

Cha b' oil leam e, cha b'oil leam e

Ged chuirte chlisge 'n tasgaidh

Fo 'n talamh mi, fo'n talamh mi!

## MALI BHÒIDHEACH.

AIR FONN,—“*Ho rò mo nighean donn, bhòidheach,  
Mo nighean donn, bhòidheach, bheadarrach,*” &c.

SE'ISD.

Mo rùn air *Mali* bhòidhich,  
Mo rùn air *Mali*  
Chùl-bhuidh, bhanail—  
'S iomadh fear tha 'n tòir oirr!  
Mo rùn air *Mali* bhòidhich.

Gur h-i mo rùn-sa 'n cailin ud  
A's grinne cruth 'us dòighean;  
'N uair théid a' m' chuimhne *Mali* bheag  
'Se 'n talamh 'bhios 'gam chòmhdach'.  
Mo rùn, &c.

Tha 'gnuis mar mhaduinn chéiteinich  
'An am do 'n ghréin bhi 'g òradh;  
Tha 'meall-shuil mar an reultag 'bhios  
'S an Ear air sgé na Glòmuin.  
Mo rùn, &c.

Mar bhàrr nan tonna gaillionnach  
 Tha muinneal geal na h-òighe,  
 'S a cìochan corrach, mulanach,  
 Mar thulaichean làn neòinean.  
 Mo rùn, &c.

S e 'n grian-ghath air an ùrlar i,  
 O, 's binn i air na h-òrain;  
 Ged bheireadh slàinte cùl-thaobh rium,  
 Gu 'n ùraicheadh a pòg mi.  
 Mo rùn, &c.

'S ged dh-fhògairteadh o d' shealladh mi  
 Gu iomall na Cuairt Redidhte,  
 Am feadh 'sa bhios an anail annam,  
 'Mhali, 's tu mo Cheòlraidh!  
 Mo rùn, &c.

A Ghrian, nach greas thu 'n latha sin  
 'Bheir *Mali* air a' chòir dhomh;  
 'S 'n uair thig an oiche, fuirich seachduin  
 Gun tigh 'n ris, ma 's deòin leat.  
 Mo rùn, &c.

Cha dean mi tuille molaidh oirr'

Ged laidheadh tuille mòr oirr';

Ach nam bu bhàrd no filidh mi,

Gu 'n seinninn gus na neòil i!

Mo rùn, &c.

CUMHA BEAN ÒG AN T-SEANA-  
BHODAICH.

AIR FONN,—“*Brigis Mhic-Ruairidh.*”

A chaileag tha toigheach  
Air dol car air chaothach,  
Dean bodach a thaghadh le buaile thiugh;  
'S ma 's math leat 'bhi reòidhte  
'Am meadhon an òg-mhios  
Le luidse de 'n t-seòrs' ud cha truagh leam thu.

LUINNEAG.

O 's nàr, O 's nàr 'bhi 'gearradh phreas òg  
'S pluic mhòr a' grodadh, gun bhuain, 's a' choill!  
O 's nàr, &c.

Fhuair mise fear grinn dhiubh—  
Ged bhiodh e 's na h-'Innsibh,  
Cha chuirteadh á chnàimhean am fuachd a chaoidh;



'S gedà dheanadh tu 'phlodadh  
 'An coire 'dh-òr leaghte,  
 A chridhe crìon, creagach, 'sann chruai'cheadh ann.  
 O 's nàr, &c.

Ma bheir mi do 'n bhaigeir  
 Dad 's buige na clachan,  
 "'S ann ni thu mo chreachadh!" their gruaigean  
 rium;  
 'S do 'n Eaglais di-dònuich  
 Cha téid e —bì'dh 'bhrògan  
 'S am bonn-a-sè caomhaint'—mo thruaigh mi leis!  
 O 's nàr, &c.

Le cànràn 'us casdaich  
 A leithid cha n-fhacas,  
 'S e 'n impis bhi tachdte air uaireanan;  
 Daor phoca na phlàighe—  
 Cha ghabhadh tu pàidheadh  
 'S bhi mionaid 'na fhàile, 'n uair bhuaileas air!  
 O 's nàr, &c.

'N uair théid mi d'a leabaidh,  
 Ged bhitheam gun chadal  
 Cha bhriodal 's cha sotal thig uaithsan domh,  
 Ach srann agus ròmhan,  
 Mar mhada 'u cùil-mhòine,—  
 Cha b' ionann 's fear òg 'dheanadh cluaineis rium.  
 O 's nàr, &c.



'S a' mhaduinn, 'an àite

'Bhi 'breugadh nam pàistean,

'S a' cluinntinn *mamà* bho gach uanan diubh,

'S ann bhìos mi a' bleodhann

Cruidh bodach an d—m—n!

B' fhearr leam aon làn creathail le buachaille.

O 's nàr, &c.

Seann fhleasgach, ciod e th' ann

Ach soitheach air deubhadh—

Ach tobar air traoghadh a suas gu tur?

Stoc reudanach, gealaicht',

Gun duilleig gun fhaillein?

B' e deireadh gach donais bhi fuaighte ris!

O 's nàr, &c.

## MO RÒSAN GEAL FÉIN.

AIR FONN,—“*The wounded Hussar.*” air-neo,  
“*The Braes of Gleniffer.*”

Tha 'n t-Earrach air tighinn, tha 'bharrach 'fàs ceòl-  
ar,

Tha uiseag, an t-sòlais r'a h-òran 'san speur;  
Gach blàdh teachd le sgiamh ris—ach 's diamhair  
sud dhòmhsa,

'S e 'seachdadh gun dòchas, mo Ròsan geal féin!  
O 's beag bha de thruas aig a' chuairt-ghaoith a  
leòn e,

Am flùran a b' àille riamh 'dh' fhàs ris a' ghréin,  
A Bhàis, thoir leat càch,—tha na's leòir sean 'us òg  
ann—

Ach O! seachainn Seònaid, mo Ròsan geal féin!

A bhruadairean ciùine, 'n tràth thùirlingeach pràm-  
oirr',

O! innsibh do m' ghràdh gu 'm bheil slàinte dh'i dlùth.  
'S gach uair ni i 'dùsgadh, 'eòin rùnach nan tlàth-  
phong,

O seinnibh nach faod i mis' f àgail co dhiubh!

Cha n-fhaod, no théid mì do 'n tigh ìosal, fhuar  
còmhl' rith'—

'S e—beatha no bàs dh'i—bhi làmh rith' mo  
dhéidh:—

A Bhàis, thoir leat càch,—tha gu leòir, sean 'us òg  
ann—

Ach O! seachainn Seònaid, mo Ròsan geal féin!

# RANNAN AIR TÀILLEAR ÀRAID,

A FHUAIR BEAGAN DE 'N A-SAOGHAL 'SA RINN A  
DHIA DHETH.

AIR FONN,—“ *Mo rùn air an nianaig,*” &c.

SE'ISD.

Hugorinn, ò, gu'n ìnsinn,  
Hugorinn, ò, gu'n ìnsinn,  
Gu'n ìnsinn beagan fìrinn  
Mu spìochdaire, mu 's math leibh e.

Tha fear 'am baile làmh rium  
De Ridirean na Snàth 'daig—  
Gun crochadh e a mhàthair  
Air bonn-a-sè gu toileach dhuibh.  
Hugorinn, &c.

Ma 's fìor mo sgeul, tha dearbh air  
Gu 'u d' fhuair iad e, 'nuair dh' fhalbh i,  
Ri lighich 'deanadh bargain—  
“ Aon mharga 's bheir mi cailleach dhuit.”  
Hugorinn, &c.

An cual' sibh, cheann gu 'u d' fheum e  
Sè-sgillin chosd air féil uair,

Mar fhuair iad e, 's an reusar

Gu 'amhaich féin a ghearradh aig'?

Hugorinn, &c.

Cha 'n iongantach an t-shròn sin

Bhi car air dreach poll-mòine,

'S na tha, bho mhoch gu glòmuin,

De shnaoisein chàich 'ga sparradh innt'.

Hugorinn, &c.

Bu mhath an duine Iùdas

Air trusadh 's gleidheadh cùine,

Thug Annanias ùidh dha,

Ach bheireadh Clùdan 'anam air!

Hugorinn, &c.

## MALI BHÒIDHEACH, MHÌOG-SHUILEACH.

AIR FONN,—“*The Lea Rigs;*” no, “*Nighean donn na h-àiridh,*”

Mo rùn air *Mali* bhòidheach,  
’S i *Mali* bhòidheach mhìog-shuileach—  
Mo rùn air *Mali* bhòidheach,  
Cha ghabhainn òr nan Innsean oirr’;—  
Cha ghabhainn òr, cha ghabhainn spréidh,  
Cha ghabhainn ceud crùn rìoghail oirr’,  
’S cha dealaich mi ri m’ bheò rith’—  
Mo *Mhali* bhòidheach, mhìog-shuileach,

O ’s tric le *Mali* àluinn,  
Gun fhios do chàch, ’nam shìneadh mi  
’An lagan gorm nam blàth tiugh,  
A’ faighinn sgeòil na rìbhinne ;  
Mo bheul r’a beul—aon làmh fo ’ceann,  
Làmh eile teann ’ga crìodachadh,  
’S mo chridhe ’snàmh ’an sòlas  
Le *Mali* bhòidheach, mhìog-shuileach.

O! 's òg a thug mi gaol dh'i,  
 'S thug ise glé luath dìoladh dhomh ;  
 Ma bhios mi fada slàn deth,  
 Mo làmh nach bi sud dìomhain dh'i;  
 Ged gheibhinn gun bhi as a fianais  
 Mìle bliadhn', cha sgìth'chinn dh'i,—  
 'S ann bhiodh i 'm shealladh 'n còmhnaigh  
 'Na *Mali* bh'oidheach, mhìog-shuileach.

## DUANAG.

AIR FONN,—“*A ho ro, mo rùn an cailin,*” &c.

SE'ISD.

A ho ì, gu cinnteach 's toigh leam,  
A ho ì, gu cinnteach 's toigh leam,  
'S toigh leam Anna nan ciabh òr-bhuidh,  
'S bheirinn d'ì mo phòg ge b' oil leibh.

Anna bheag, ge h-athach, òg i,  
'S teth a cridhe 's blasd' a còmhradh;  
Aingeal ann an cruitheachd òigh' i,—  
Chuir a bòi'chead m' fhuil air ghoile.

A ho ì, &c.

Chuir a bòi'chead mi fo bhuaireas—  
Fiabhrus as nach faigh mi fuasgladh  
Mar an laidh an cailin suairce

Air aon chluasaig leam gun mhoille.

A ho ì, &c.



Mallachd air na bhios a' pòsadh  
 Aighean ann an àite òighean,—  
 B' fheàrr lean Anna as a còta  
 Na cnoc òir le dud neo-sgoinneil.

A ho ì, &c.

'S e mo stòras-sa té àluinn,  
 M' fhearann bòidheach a gruaidh nàrach,  
 M' uile shòlas a deagh nàdur—

'S tha sud aig mo ghràdh gun ghainne.

A ho ì, &c.

'S fada, 's fada 'nochd o m' rùn mi,  
 Ach mu 'n caidil bì'dh mi dlùth dh'i;  
 Anna, 'ghaoil, air son do shùgraidh  
 Rachainn ùr tre thuil 'us theine.

A ho ì, &c.

Ged ro' 'n saogh'l a' sealltuinn duaichnidh,  
 Ged ro' 'chléir car beag 'an gruaim ruinn,  
 Seadh, ged shracadh Eud 'us Tuaileas  
 Cha bhi m' fhuath air bean do shloinneadh.

A ho ì, &c.

## CRÒNAN NA MNA-DÌOLAIN,

AIR FONN,—“ *Thug mi guol do 'n fhear bhàn,*” &c.

SE'ISD.

Dean babà dean babà  
Dean babà, nis, ochòin!  
Dean babà, 'leinibh, dean—  
'S leòir do mhà'ir bhi ri bròn.

Caidil, 'uain! O dean tàmh—  
Tha do mhàthair 'gad chòir,  
'S i mar eala nan cuan  
'Cur r'a duan 's i trom leòint!  
Dean babà &c.

'Fhir tha 'n tràsa fad' as,  
Nam bu deoch dhuit mo dheòir',  
'N saoil nach maoth'cheadh do chrì?  
'N saoil an tréigeadh tu Mòr?  
Dean babà, &c.

Och mo thruaigh té 'bheir géill  
 Chaoidh do sgeul nam fear òg!  
 Geallas mil dh'i gu h-ùr,  
 'S gheibh i 'm puinsean r'a òl.  
 Dean babà, &c.

Ach a ghruagaichean grinn,  
 Fanaibh thall mar is còir;  
 'S cumhann tearnadh an uain  
 A gheibh *Ruairidh* 'na spòig.  
 Dean babà, &c.

An té 'dh'innseas a gaol  
 Do 'n fhear 'shaoil i 'bhi breòit'—  
 'N uair a thionnd'as e 'chùl,  
 “Bha mi 'sùgradh ri gleòisg!”  
 Dean babà, &c.

## SLIOCHD NAM BEANNTA

AIR FONN,—“*Royal Charlie.*”

SE'ISD.

O c' àit' 'eil air an talamh,  
O c' àit' 'eil air an talamh,  
C' 'à' 'eil, c' àit' 'eil air an talamh  
Coimeas Sliochd nam Beannta?

Sliochd mo ghaoil an sliochd 'dh' fhàs smiorail,  
Foinnidh, dàna, làidir, fearail;

'S mairg nàmh a théid 'an carabh

Gàidheil gheala, 's greann orra.

O c' àit' 'eil, &c.

'N uair théid clann nam beann 'n an éideadh,  
Féileadh-beag air leas gach treun-fhear.

Miann nan gruagach, fuath luchd-eucoir

Sìol na Féinn' 's gach aon àit'.

O c' àit' 'eil, &c.

Sibhs' a ghineadh bho na h àrmuinn  
 'Sheas gu duineil mar ri Teàrlach,  
 Nochdaibh nis do dh-Uilleam àdhmhor'  
 Gu 'm bheil Gà'eil 'san t-seann dòigh.  
 O c' àit' 'eil, &c.

Ciod e 'n Gàidheal ri h-uchd streupaid?  
 Ciod ach leòmhan measg nan caorach!  
 Fuil 'us àr 'us bàs gach taobh dheth;—  
 'S mairg nach géill 'an am dha.  
 O c' àit' 'eil, &c.

Co iad curraidhnean gach cruadail?  
 Co iad beathraichean gach tuasaid?  
 Co 's a h-uile blàr bhios buadhach?  
 Sliochd nan stuadh gun aon ag.  
 O c' àit' 'eil, &c.

Co fhuair onoir *Fontenoi*,  
*Waterloo*, 's *Corunna* glòirmhor?  
 Co ach iadsan nach teich òirleach  
 Ged robh còig ri aon fhear!  
 O c' àit' 'eil, &c.

Eiribh! éiribh mar a' Chuairt-ghaodh,  
 'S bi'dh ur nàmh, mar dhuilleach uaine,  
 Crionachadh mu 'n gann a ghluaiseas  
 Laochraidh chruaidh nam Beannta.  
 O c' àit' 'eil, &c.

## NA DEIREASAICH.

Mo thruaighe, mo thruaighe, mo thruaighe mar  
thà!

A shaoghail, chaidh thu tu'al, buileach tu'al oirnn  
an tràs';

Chail Nàdur a tuaiream, ge cruaidh e ri 'ràdh;  
Och! 's dona mar fhuaras i 'n uaigneas ri pàirt.

'S ann ort thain', a Ghàeldachd, an caochladh ro  
mhòr,

Tha *Laoich-taobh-na-grìosaich* 'fàs lìonmhor na 's  
leòir;

Aig an teine, ma 's fìor, tha gach aon fhear 'na  
leòmhn',

Ach maoidh 'thoirt o'n luath 's cha n-'eil gruaimean  
“ air dòigh.”

'S i so bliadhna nam bachdach 's fearr astar na càch,

'S i so bliadhna nan stachdach 'bheir feairt air na 's  
àill;

'S iomadh liùgair le gunna 'tha gramail le spàin,  
 'S ged robh móran gun sealladh, co 'n fear tha gun  
 bheul?

Nam b' ann mu 'n mhéis-chabhruich, co thionnd'adh  
 a chùl?

Bhiodh a bhlàth ann an tìm bhig nach tionnd'adh a  
 h-aon;

'S bhiodh Frangaich aig *Dòmhl' dubh* 'g an ròsdadh,  
 gun dùil,

Nan deanadh a' bhòilich 'na h-aonar a' chùis.

A ghruagaichean, caoinibh; 's mór aobhar 'ur bròin,  
 'S gun fhleasgach 'san dù'ich a bheir sùil oirbh nì's  
 mò;—

Tha galairean nuadh, 's iad glé thruaillidh, mo  
 dhòigh,

Air faotainn làimh-'n-uachdar air fuath's dhiubh  
 mu 'n t—n.

'An àite nan treun 'rachadh 'n teugmhail le fónn,  
 Tha 'm mulcach, an crùbach, an giùmach, an cam;  
 Ar leam gu 'm b'e 'n eucoir am màrsadh do 'n  
 Fhraing

'S fear no dhà 'cur an céill 'bhi mar tha gun an  
 ceann!

A dhaoine gun nàire! ciod e their mi ribh?  
 An abair mi Gà'eil ribh 's nach Gà'eil idir sibh?  
 B' e samhachadh 'n fhleòdair ri stàilinn an nì,  
 'S b' fheàrr h-aon diubh 's an àr-fhaich na réisea-  
 maid dibhs'.

Ach sibhs' 'tha dhe 'n fhìon-fhuil a's prìseil' na 'n t-òr,  
 'Fhìor ghineil na Féinne! na géilibh 's sibh beò;—  
 'S fearr gràinean de 'n t-sìol na de 'n inhall làn na  
 cròig',  
 'S ma théid sinn thar chuan, bheir sinn buaidh mar  
 bu nòs.

O thigibh bho 'r sléiteibh le spéid nan eas borb—  
 Mar dhealan nan spcur 'n uair tha sìantan 'am feirg;  
 'S ged dh' éireadh an saogh'l oirnn gu léir anns an  
 strì,  
 Ri “guailibh a chéile” co dh' fhaodas ar claidh?

Bì'dh buaidh mar a b' àbhaist 's gach blàr air ar  
 taobh,—  
 'S air pilleadh dhuinn sàbhailt gu àrd-thir an fhraoich,  
 Gur leòir leinn mar phàidheadh fiamh-ghàire nan  
 òigh,  
 'S cha n-fhàg sinn a' Ghàeldachd no iadsan ri 'r beò.



## DUANAG.

AIR FONN,—“ *Pòg an nochd agus pòg an raoir,*” &c.

### LUINNEAG.

Mo rùn air a' chaileig a's meallaiche sùil,  
Mo rùn air a' chaileig a's camagaich' cùl,—  
A' chaileag, a' chaileag bha 'n raoir air mo ghlùn!  
'Se sealladh de dh-Annaidh a thogadh mo shunnd.

Ged tha mi gun chaora, gun ghobhar, gun bhò,  
Gun searrach, gun ghearran, gun fhearann, gun òr,  
Gun aon nì air thalamh ach na th' air mo dhruim,  
A dh' aindeoin sud uile tha Anna rium grinn.

Mo rùn, &c.

Ged dh' amais mi dol do 'n tigh-leanna corr uair,  
Ged thraoigheam an copan le gillean glan, suairc,  
Ged robh mi 's gach ionad 's an cluinnear an ceòl,  
Na dheaghaidh sud uile, bheir Anna dhomh 'pòg.

Mo rùn, &c.

Ged tha e air aithris gu bheil mi gun stéidh,  
 'S gu 'n téid mi 'an aithghearr air chaothach gu léir  
 A' mealladh nan cruinneag 's a' deanadh nan dàn,  
 A dh' aindeoin an cridhe tha Anna rium blàth.

Mo rùn, &c.

Ged fhaighinnsa cailin le buaile thiugh nì,  
 Cha tréiginn mo chaileag ged bhitheadh i 'n dìth;  
 'S ged thigeadh fear-fearuim a shireadh na h-òigh,  
 Bu diamhain dha, 's toil aig an fhilidh d'a pòig.

Mo rùn, &c.

N uair 's coma le sionnach an fhuil 'tha 's an uan,  
 'N uair sguireas an talamh so 'dh-iomain mu 'n  
 cuairt,

'N uair stadas Loch-fìne a lìonadh 'sa thràgh'  
 'N sin sguiridh mi, 'Annaidh, a thabhairt duit gràidh.

Mo rùn, &c.

## DO LON-DUBH,

*Air dhomh a chluinntinn a' seinn anns a' choille 'gam chòir,  
's mi coimhead uaigh ———ann an Cill-ma-lit .*

A Loin-duibh, a Loin-duibh, O! gur beag tha thu  
'm feum

Air teicheadh bhuan fèin le do chèol;  
Cha sealgair a th' annam, gun umhail 'na chré,  
'S ann thainig mi mar riut a bhròn!

A Loin-duibh, a Loin-duibh, 's fada dh' imich bhuait  
sùrd—

Ciod e so 'chuir mulad 'nad dhàn?  
Tha 'n Samhradh a' tighinn, tha 'choille 'fàs dùmh'il,  
'S gach eun innt' le sunnd 'cur air fàilt.

A Loin-duibh, a Loin-duibh, 'n uair tha 'n uiseag 's  
an speur

'Cur gean air Rìgh aobhach an Lò,  
'N uair tha 'n smeòrach 's à leannan 'comh-shodan  
ri d' thaobh

'M bi thusa 'n ad aonar fo leòn?

A Loin-duibh, tha do thuireadh a' lotadh mo chrì—  
 'S ioghnadh leam ciod a chràidh thu cho goirt ;  
 'N e nàmh 'an riochd caraid a ghoid bhuaith do shìth?  
 'N e gu 'n d' mhealladh 'n ad dhòchas thu 'th' ort?

A Loin-duibh, a Loin-duibh, 'bheil do leánuan riut  
 dùr ?

Cha n-urraim do 'n chùis bhì gu bràth :  
 Co ise air thalamh 's an cuireadh tu ùidh  
 Nach mealladh 's nach maoth'cheadh do dhàn ?

A Loin-duibh, a Loin-duibh, dearc 'us suthag nam  
 blàr

Bi'dh deas dhuit gun dàil air son béidh:  
 Tha 'n clamhan 'san t-seobhag fad', fada o làimh;  
 Nach sguir thu, ma tà, dhe do chaoidh ?

A Loin-duibh, a Loin-duibh, tha mi 'cuimhneach-  
 adh nis !

Bha 'n t-eun'dair an rathad so 'n dé—  
 O an-ìochd an trudair! do leannan thuit leis—  
 'Eòin ghrinn, 'se so 'ghuin thu—nach e ?

A Loin-duibh, a Loin-duibh, 's mór gu sprochd do  
 cheann-fàth,

Gidheadh 's mise do bhràthair 'an truaigh' ;  
 Ged tha d' uchd-sa cho dubh a's tha m' uchd-sa cho  
 bàn,  
 'S e 'n t-aon aobhar a th' againn gu gruaim.

A Loin-duibh, a Loin-duibh, nach cuimhn' leatsa an  
té

'G an robh 'n sealladh 'bu chaoine, 's fiamh-ghàir'  
Oirre chaidh 'thogadh sodan air Dubhachas féin ?

B' i mo rùn dìreach Aingeal a' Ghràidh !

A Loin-duibh, a Loin-duibh, mar dhriùchd maidne  
ri gréin,

Bho 'n talamh rinn m' eudail grad-thrial;—

Bha fadal air ainglibh g' a faighinn leo féin,

Ghoid, O, ghoid iad do Phàrras mo chiall!

A Loin-duibh, nis ma's faochadh do d' mhulad-sa  
ceòl,

Seinnidh mise 'n so còmhl' riut gun sgìos;

'S ma chluinneas an uaighe aon fhuaim romh là  
'bhràth,

'Se caoidhrean trom, cràit' teach mo chrì !

Cluinnidh m' eudail mo chaidh 's an tigh ìosal,  
fhuar, chaol,

'S a' leth-dhùsgadh, gu 'n can i gu tlàth,—

“ Mo leannan! mo leannan! do bheatha ri m'  
thaobh !”

Greas, a ghaoil, 'us dean maille rium tàmh !

## GLEANN-AORADH.

FONN,—“*Mairi laghach,*” &c.

SE'ISD.

A ho rò, tha 'n samhradh  
Ann an Gleann nam Flùr!  
Uthill ò, tha 'n samhradh  
Ann an Gleann mo rùin!  
Tiugainn, tiugainn, 'annsachd,  
Leam do Ghleann nam Flùr;  
Tiugainn do Ghleann-aoradh,  
'S cha bhi 'n gaol air chùl.

'N uair tha 'n samhradh blàthmhor  
'Fàilteachadh nam bruach,  
'S eòin air feadh na h-òg-choill  
'Seinn 'sa' deanadh chuach,  
Oigridh shona 'mànran  
Feadh nan àiridh shuas,  
'Anna, cha b' e 'n sùgradh  
'Bhi o dhù'ich nan stuadh.  
A ho rò, &c.

'Ainnir na gruaidh nàraich,  
 'S òg a rib thu mì ;  
 'N uair a bha mi 'm phàisde  
 Bu leat gràdh mo chrì ;  
 Mar théid grian an àirdead  
 S ann a's blàith' na glinn,  
 'S mar tha m' aois-sa 'sineadh  
 'S ann tha 'n gaol a' cinn.  
 A ho rò, &c.

Tha beul meala m' eudail  
 Binn mar cheud-dhàn cuaich,  
 Milis mar am fìon-dhearc,  
 Maoth-dhearg mar shuth bruaich';  
 O! b' e 'n fhochaid sìoda  
 'Chur m' a bràigh geal suas,  
 'S a cùl bàn-bhuidh féin air,  
 Mar ghath-gréin' air chuan.  
 A ho rò, &c.

Tha d' uchd mìn, fo 'n anart  
 Air nach ainneamh leug,  
 Mar a' ghrian leth-fhalaicht  
 Cùl neòil gheal a' Chéit ;  
 Tha do mheall-shùil dheàrsach  
 Mar dhriùchd nèamh air feur  
 Anns a' mhaduinn ghrianaich—  
 'S daor a fiamh dhomh féin!  
 A ho rò, &c.

'S e Gleann-aoradh cheana  
 Gleann a's grinne 's tìr,  
 'S ma thig thus' ann, 'Anna,  
 Cha n-'eil tuille dhìth  
 Air gu bhi 'na Eden,  
 'S ormsa gu bhi 'm rìgh ;—  
 Thig, 's bi 'd iodhal-aoraidh  
 Rè ar sao'il do m' chrì !  
 A ho rò, &c.

Annas a' mhadainn bhraonaich,  
 Leis an spréidh 'sa' ghleann,  
 Bheir sinn greis air sùgradh,  
 Greis air deanadh rann ;  
 Greis ag éisdeachd bàrdachd  
 Mhilis àl nan crann ;  
 'S cha lugh' idir sòlas  
 Dhuinn 'sa' ghlòmuin ann.  
 A ho rò, &c.

'S e sud Gleann nan dearca—  
 Gleann gach meas thug buaidh ;  
 Gleann nan subhag bhlasda,  
 'S iad air snas, do ghruaidh ;  
 Toradh na cir-mheala  
 'S leat 'an sud gun luach,  
 'S gheibh sinn air son fìona  
 Bainne blàth nan cuach !  
 A ho rò, &c.



## OIGHRIG 'OG.

AIR Fonn,—“ *Blythe, blythe, and merry was she,*” &c.

SE'ISD.

'Oighrig òg an òr-fhuil chlannaich,  
'Oighrig bhanail, 's tu mo ghaol ;  
'Ainnir ùr a's ciùine sealladh,  
Bha mi maille riut an raoir.

Bha mi maille riut 'am bhruadair,—  
Shaoil mi, 'luaidh, thu 'bhi ri m' thaobh ;  
Dhuisg an sòlas tuille 's luath mi,  
'S b' f hada bhuam thu 'n sin, a ghaoil!  
'Oighrig òg, &c.

'Ainnir òg nam pòga meala,  
'S truagh nach faighinn thu gu léir ;  
B' f hearr leam thu gun nì air thalamh  
Na té cile 's fearann saor.  
'Oighrig òg, &c.

Geda gheibhinn òr nan Innsean,  
 Nighean rìgh, a's crùn 'na déigh,  
 'S mór a b' annsa leam, gun sìon leath',  
 Còir air rìbhinn a' chùil réidh.

'Oighrig òg, &c.

Tha i modhail, teisteil, càirdeil,  
 Gu neo-stràiceil aisde féin ;  
 'S tuigseach, aobhach, beusach, nàrach  
 'Oighrig mhàlda nan gruaidh caoin.

'Oighrig òg, &c.

Tha 'n t-sàil-chuach gle ghrinn 'san earrach,  
 Tha 'n ròs barraichte 'sa' Chéit,—  
 'S guirme na e *sud* do mheall-shùil,  
 'S deirge na e *so* do bheul.

'Oighrig òg, &c.

Ged tha mi gun òr gun f hearann,  
 Gun thiugh-spréidh air srath na raon,  
 Ma ni gràdh gu bràth do tharruing,  
 Cha n-f haigh gin thu ach mi-féin.

'Oighrig òg, &c.

## ÒRAN.

FONN,—“ *Caledonia*,” air-neo,  
“ *Màiri Dhail-an-eas*.”

SE'ISD.

Am brúadar so? am faoin-sgeul e?  
No 'm faod e a bhí fìor  
Do gheallaidhnean gu 'n dì-clì'nicheadh  
Tu air son òir no nì?  
Cha tig, cha tig ath-sgeul domh air—  
Nan tigeadh b' éibhneach mì;  
Ach o'n chaidh 'n t-snaim do-sgaoileadh ort,  
Dhe 'n t-saogh'l so tha mi sgìth.

O 's maireg 'ni earbs' á boirionnach!  
Gur h-ainneamh gheibhear té  
'Bhios dìreach anns an leannanachd  
No leanailteach 'sa' ghaol;

Mar 's bòidhche 'sann a's caraich' iad,  
 Tha 'n aigne mar a' ghaoth ;  
 Bu daor a fhuair mi aithn' air sud  
 Bho ainnir an fhuilt réidh.

Bu daor, bu daor a cheannaich mi  
 An sonas nach robh buan ;  
 'N uair shaoil mi 'bhi aig cala  
 Chaidh mo philleadh thun a' chuain;—  
 Mo thruaigh mi! ciod so dh'fhairich mi  
 Nach d' aithnich thu na 's luaith'?  
 'Sann 'nuair rinn càch do spùinneadh bhuam  
 A dhùisg mi as mo shuain.

O c' uime, 'ghaoil, a dh' fhàg thu mi?  
 Bha là 's bu leam do phòg,—  
 Bu leam do bhrìodal mànnanach,  
 'Bha aon uair blàth gu leòir ;  
 Bu leam bhi 'd chneas—'s b' e 'm Pàrras e !  
 'N uair bhitheadh càch 'nan clò ;—  
 Bha uair 's bu leam, mar meallta mi,  
 Do chridhe fallsa fòs.

'Se thu 'bhi 'n cneas an aineolaich  
 A nis a' gabhail suain  
 A riun mo chàileachd hannachadh,  
 'S a thanaich clis mo gruaidh ;  
 An saogh'l cha n-fhada mheallas mi,  
 O! 's falamh è 's tu bhuam—

A ghaoil, bi aoibhinn, toilichte  
Théid mi gu h-ealamh 'n uaigh!

'N uair chuireas iad fo thalamh mi  
'S a chinneas tharam feur,  
An tig—an tig thu 'ghal air m' uaigh?  
No 'n sil thu aona dheur?  
Cha sil! cha sil! cha teann thu ris—  
B' e 'n t-iongantas an té  
A rinn mo bheatha ghiorrachadh  
'Bhi duilich as mo dhéidh.

A fhleasgaich òig, bi furachail—  
Aon earail gabh uam féin,  
Na taobh ri té 'bhios eireachdail  
Mar aithne dhuit a beus;  
Ged gheibh thu 'n coslas aingil i,  
Ma 's caileag i gun stéidh,  
Gu 'n dean i 'n tùs dhìot amadan,  
A's aithreachan 'na dhéigh.

## RANNAN.

C' uime bhiodh oirnn mulad,  
Duilichinn no cràdh  
Air son ni th' air thalamh?  
Faileasan gun stàth!

Chunnaic mi 'm fear modhail,  
'S b' aithreach leis gu 'n robh—  
Chunnaic mi 'm fear falamh,  
'S thuirt e “ Gabh 'nuair gheibh.”

Cuireamaid ri h-aighear—  
'H-uile fear 'sa làmh  
Air a' chaileig laghaich  
'S motha bheir dha gràdh.

Ciod a th' ann am fleasgach?  
Fàsan an t-sìl mhaith—  
Ploc 'an coill nan gallan—  
Seillean gun an gath!

Thugaibh dhòmhsa cailin,  
Banalas 'na cainnt,  
Bàighealachd 'na meall-shuil,  
'S a cruth geal, gun mheang.

'N uair bhios mise corrach  
Fanadh i 'na tosd,  
'S ged théid ise 'm mearachd  
Cha bhi mise crosd'.

Toilichte le beagan,  
'S coma leinn cuid chàich:  
Fear gun phlang 'na sheotal  
'S e 'ni 'n cadal tlàth.

## TUIREADH NA CAILIN.

AIR FONN,—“*Bruthaichean Ghlinne-braon.*”

SE'ISD.

Och mar thà mi gun thù leam!  
'N tig an là sin 'bheir m'`Uistean,  
Far am b' òg sinn, gle chùirteil,  
Aig Aoradh lùbach nan craobh?

'S i so 'n nollaig a leòn mi,—  
Gach té eile, gu spòrsail,  
Mar r'ä leannan, 's rùn Seònaid,  
(Fàth mo bhròin,) 'an tìr chéin!  
Och, mar thà mi, &c.

'Fhir bu dùmbala calpa,  
'N uair a shiùbhladh tu 'gharbhlach  
Cha bu shùgradh do 'n earbaig,  
'S bhiodh fuil dhearg air na féidh.  
Och, mar thà mi, &c.



Deagh làmh 'chumail na stiùir' thu  
 Ged ro' 'mhuir na h-aon smùid dhearg;  
 S 'nuair bhiodh càch le croinn rùisgte  
 B' e sud sùgradh mo ghaoil.

Och, mar thà mi, &c.

'N uair a sheinneadh tu 'n t-òran  
 'Measg nan caileagan òga,  
 Bhiodh mo chridhe 'gad phògadh,  
 'S, nam bìodh dòigh air—mo bheul.

Och, mar thà mi, &c.

'N uair a thig am mìos Màigh oirnn,  
 Co an sin ni dhomh 'm blàth-fhleasg?  
 Co ni m' fhàidhrean a phàidheadh—  
 No chuireas fàilt orm, air féill?

Och, mar thà mi, &c.

Co ni dhomh an crùn luachrach?  
 Co ni 'n caorann a bhuaib domh?  
 Co bheir a bhreacan mu 'n cuairt orm,  
 'Tigh'n o bhuaile 'chruidh-laoigh?

Och, mar thà mi, &c.

## FREAGARADH

DO "THUIREADH NA CAILINE."

Aig taobh Aoradh na gànraich  
Dh' fhàg mi 'n cèiteag a's bàine;  
Rìbhinn ùr na gruaidh nàraich,  
B' fheàrr bhi 'n tràs' leath' nan saogh'l.

SE'ISD.

Och, ged tha mi bho m' rùn geal,  
B'e mo roghainn 'bhi dlùth dh'i  
Far am b' òg sinn, glé chùirteil,  
Aig Aoradh lùbach nan craobh.

'S tric an tràsa le m' uan mi,  
'S tric—ach O! 's ann am brudair—  
Far am b' òg bha mi 'n uaigneas  
Dh'i a's uaipe 'toirt gaoil.

Och, ged, &c.

Far an ciataich' na h-òighean,  
Far an grian doibh mo Sheònaid;

Far nach iarrainn de bheò-shlàint  
Ach 'bhi 'pògadh a béil!

Och, ged, &c.

'S e 'bhi, 'ghaoil, riut a' sùgradh  
'Dheanadh m' éibhneas a chrùnadh  
Ged robh 'n saogh'l so le 'chùram  
'Dol 'na smùid les a' ghaoith.

Och, ged, &c.

Mar tha chombaist 'an còmhnaigh  
'Sireadh dh' ionnsuidh n' Tuath reòta  
'S ann tha m' inntinn-s' air Seònaid,  
Rionnag bhòidheach mo ghaoil.

Och, ged, &c.

'S geda shnàmhas mi cuaintean,  
'N uair thig Samhradh mu' n cuairt oirnn  
Cha 'n fhaod idir mo ghruagach  
Bhi teachd o 'n buaile leath' féin.

Och, ged, &c.

## DUANAG.

AIR FÒNN,—“*Tha buaidh air an Uisge-bheatha,*” &c.

SE'ISD.

A rùin ghil, nam bithinn leat,  
Bu shunndach mo chridhe 'n diugh;  
B'e 'n sòlas do-bhruidhinn 'bhi  
Le Sìne bhuidhe daonnan.

Ged 's ann 'san Eilein Bhòdach 'chinn  
An lilidh 'rinn mo leònach-sa,  
'S ann shaoileadh tu le 'bò'chead  
Gur h-ann chinn i chòir nan speura!  
A rùin ghil, &c.

Cha n-e thu bhi 'shìol Duibhne 'rinn  
Le m' chridhe, 'luaidh, co phriseil thu,  
Ach thu bhi modhail, fìor-narach,  
Blàth, inntinncach, deadh-bheusach.  
A rùin ghil, &c.

Mar chaineal fàile d' analach,  
 Do mhuinneal mar an canach mìn;  
 'Tha Cupid féin 'am falach ann  
 Ad bhroilleach corrach, caoin-gheal.  
 A rùin ghil, &c.

Do shùil air dhath nan àirneagan—  
 Do chùl mar òr ri deàrsadh grinn—  
 Do bheul mar ròs beag làn de mhil,  
 Rinn uile, 'ghràidh, mo léireadh.  
 A rùin ghil, &c.

An ceudamh cuid dhe d' cheanaltas  
 A chur 'an cèill cha n-aithne dhomh;—  
 'S tu gaol gach aon a chunnaic thu  
 'S tu, 'chiall, an dara Bhénus.  
 A rùin ghil, &c.

Tha thu gu léir co fhurailteach,  
 Co ghaolach, cheutach, fhuranaich,  
 'S gu 'm bheil mi-féin a' h-uile là  
 'Dol tuille 's tuille 'n déigh ort.  
 A rùin ghil, &c.

## ÒRAN.

AIR FONN,—“ *A Mhàiri bhàn gur banail thu,*” &c.

O Iseabal! o 'n chunnaic mi  
Nad leanadh beag an tòs thu,  
Bu smaointean domh, 'n uair chinneadh tu,  
Gu 'm b' ainneamh bean do neòil-sa,—  
Gu 'n goidinn mar ròs gàraidh thu  
'An toiseach d' àille 's d' òige;  
Nis, ma 's fear eile 'bhuaineas tu,  
'S i 'n uaigh mo leaba-phòsaidh.

Ach ged tha 'n uaigh ro ghoireasach  
Thoirt fois do 'n chridhe bhrùite,  
Cha cheilinn ort, a leannain, e  
Nach b' fheàrr bhi 'd bhroilleach rùin féin;  
'S ged thigeadh 'm Bàs le 'shaighead chruaidh  
'Thoirt oidheirp air mo chiùrradh,  
Cha b' eagal leam 'sa' Phàrras ud  
Nach faodainn 'chur g' a dhùlan.

A Nàduir, thug thu 'n car asainn—  
 'N uair rinn thu Peigi bhàn duinn  
 'S ann shaoil gach aon nach tigeadh té  
 Cho iomlan tuill' á' d' làmhan ;—  
 O ! shaoil sinn sud 'n ar n-aineolas  
 Air cailin a chuil àrbhuidh:  
 Ach faodaidh *rionnag* bhi gle bhriagh  
 Nach faicear 's *grian* a' deàrsadh.

'S e ghrian, 's e ghrian 'an gilead i ;  
 'Se 'n eal' air uchd a' chuain i ;  
 'S e 'n uiseag ann am binnead i ;  
 Glan-chuspair ioma duan i ;—  
 'S i 'h-uile nì a's grinne riamh  
 'Rinn filidh sheinn no sinuainteach';  
 Ach ciod am math 'n sud dhòmhsa ?  
 'S ann tha bòidhehead 'cladhach m' uaighe !

A ghaoil ! a ghaoil ! mar faigh mi  
 Luath no mall do chala d' fhàbhair  
 C' air son nach robh thu 'd phiuthair dhomh ?  
 Gun fharmad chithinn càch leat ;—  
 C' air son nach d' thainig doille orm  
 Mu 'n d' fhuair mi 'n sealladh 'chràidh mi ?  
 C' air son a chunna 'n saogh'l so mi,  
 A ghaoil ! mar 'eil thu 'n dàn domh ?

An deaghaidh blàth's thig fionnarachd,  
Thig tràghadh 'n deaghaidh lìonaidh,  
Ach ormsa, 'dheòin no dh' aindeoin domh,  
Tha 'n gaol 'na eallaich shìorruidh.  
Fàilt' air an uaigh mar fhaigh mi thu !  
A luaidh, cha n-fhada bhìos mi  
'An so, mar uiseag chianalach  
A' seinn do *ghrian* nach cluinn i.



## 'SE 'N LE'ON AN GAOL.

AIR FONN.—“ *A chailin duinn a' chuailein réidh,*” &c.

Hil ù, hil ò, 'se 'n leòn an gaol,  
Hil ù, hil ò, 'se 'n leòn an gaol,  
Hil ù, hil ò, 'se 'n leòn an gaol,  
Mo chùlaobh féin gu buileach ris.

'Se 'n gaol a dh' fhàg gun chàil, gun chli,  
Gun fhala-ghà, gun slàinte mì ;  
Gun rath, gun stàth, gun nàir', gun nì—  
Ach feuch an strìochd mi tuille dha!  
Hil ù, &c.

Ciod e dh-fhàg milis leam an t-òl ?  
Ciod e dh-fhàg toigheach mi air ceòl ?  
An t-aon ni 'dh' fhalnhaich tric mo phòc'—  
'Se gaol nan òigh 'rinn uile sud.  
Hil ù, &c.

Ciod e ghleidh minic mi bho m' shuain—  
 Ciod e dh' fhàg tana, glas mo ghruaidh—  
 Ciod e theab m' fhalachadh 'san uaigh  
 Ach buaireadair na dunach so !

Hil ù, &c.

A fhleasgaich òig, ma tha thu saor,  
 Fan, fan mar sin,—mar 'eil thu 'n déidh  
 Air cridhe trom, air cadal faoin,  
 'S do leabaidh 'bhi mar chuileann duit.

Hil ù, &c.

An té 'bhios bòidheach fad' thar càch  
 Cha n-fhaigh thu còir oirre le stràic;  
 Na taobh ri òinnseich—cha n-i 's feàrr—  
 Bi'dh 'fàbhair-s' aig a' h-uile fear.

Hil ù, &c.

Nam bithinn 'tòiseachadh as ùr,  
 An òg-bhean anns an cuirinn ùidh;  
 Tu 'n tugainn pòg dh'i anns gach cùil  
 B' e 'rùn sud ged robh tuille ann.

Hil ù, &c.

An leannan ràpach bi'dh 'san fhéigh,  
 An leannan nàrach cha dean feum,  
 An leannan dàn gheibh 'ghnàth 'chuid féin,  
 S còrr uair cuid chàich a thuill' air sud.

Hil ù, &c.

## AN TÈ NACH ÒLADH TÌ.

Mar gu 'm b' ann air a dheanadh  
le fear d' a mhnaoi féin.

FONN,—“*The Laird o' Cockpen.*”

---

“ A Bharda, ma 's *fior* aingealan  
Na mnathan so mu 'm pos iad,  
C' air son a tha na h-uibhir dhiu  
'Nan deamhain 'san staid chomhlaidh ?”

SEANN ORAN.

---

'Illean, nach mise 'bha 'm bhurraidh bochd, truagh?  
'N uair bha mi gun phòsadh chreid mi na chual'  
'Us thuirte mi, Le Màiri 's math dheth bhios mi,  
Oir fanaidh mo Mhàiri buileach o 'n tì.

Fanaidh mo Mhàiri buileach o'n òl,—  
A'n àite a béil théid an gloine r'a sròin;  
Cha n-ionann 's na banagan shluigeas a trì—  
'Us fanaidh mo Mhàiri buileach o 'n tì.

'S lurach mo Mhàiri 'bleodhann na spréidh!  
 Tha i gu cinnteach taghte air gréis;  
 'S eòlach, air cuibhioll i, clobhaidh i 'n lìon,  
 'Us fanaidh mo Mhàiri buileach o 'n tì.

Ach thachair am pòsadh, dh' ath'raich an duan—  
 Faic sinn nis còmhla 'm bothan na truaigh;  
 Thainig na pàisdean, Ochain, a rìgh!  
 'Us dh' amais mo Mhàiri dol air an tì.

'Us, geda tha 'n olainn gun ghainne mu 'n spàrr,  
 Seallaibh am burraidh 's na *ragan* m' a chlàr!  
 An gloin' air a bilibh gu 'n amais gun strì  
 'Us, Ochain, mo leò! cha n-fhan i bho 'n tì.

'S ged tha i air dheireadh car beag air an fhu'al,  
 'S leath' 'n t-urram air *clobhadh*, 's tha 'bhlàth air  
 mo chnuaic!

Le olcas a bleoghainn chaidh ' *Chean-fhiomm* 'au  
 dìosg'

'S gu 'n cumadh i obair ri tobar le tì.

Mo thruaigh air fear falamh a gheibh té le stràic,  
 Mo thruaigh co 'sam bith e 'gheibh aon nigh'n a  
 màth'r,

Mo thruaigh thar a h-uile nì fear mar tha mì  
 A thuiteas air banaig do 'n iodhal an tì!

## GEUG THAOBH LOCH-AICE.

AIR FONN,—“*Soraidh leis a mhaighdein a tha fo  
ghruaim,*” &c.

Guma slàn do 'n rìbhinn  
Do 'n d' thug mi luadh—  
Taobh Loch-Aice 'dh' fhàsas  
Geug bhlàth nam buadh.  
Guma slàn do 'n rìbhinn  
Do 'n d' thug mi luadh.—

Guma slàn do 'n òigh ud—  
'S math thuirt iad Nic-Ceòl rith',  
Aobhar-*ciùil* gach òigeir  
'Chuireas dòigh air duan.  
Guma slàn, &c.

'S ann 'sa' chlachan dhùmhail  
Ghabh mi beachd an tùs ort ;  
'S 'nuair bha càch ri ùrnuigh  
Bha mo shùil-s' ort shuas.  
Guma slàn, &c.

'N uair a sheinn an còmhlán  
 Cha robh m' inntinn còmhl' riuth';  
 'S ged a labhradh Pòl ann,  
 Bhiodh Nic-Ceòl 'am smuain.  
 Guma slàn, &c.

Tha uchd àrd na finne  
 Mar shneachd ùr na beinne  
 Geal, ach blàth mar theine—  
 Còmhnaiigh muillion buaidh.  
 Guma slàn, &c.

Tha 'dà shùil mar reultan  
 'Bhios ri oiche Céitein  
 'Coimhead á gorm-speuran  
 Orra féin 'sa' chuan.  
 Guma slàn, &c.

'Ainnir a' bheòil chùbhraidh,  
 'S fad' o'n tha mo rùn ort ;  
 Nis ma gheibh mi diùltadh  
 'S leannan ùr dhomh 'n uaigh.  
 Guma slàn, &c.

'S truagh nach robh mi, 'eudail  
 Mar riut ris an spréidh 'n sud ;

Laidhinn air an fhraoch leat,  
'S tu ri m' thaobh mar uan.  
Guma slàn, &c.

Ann ad bhroilleach càirdeil  
Sheallainn sìos air ban-rìgh,  
'S chumadh fiamh do ghàire  
Mi gu bràth o 'n uaigh!  
Guma slàn, &c.

## CUMHA DHÒNUILL.

FONN,—“ *Tha mise 'n so 'm laidhe,*” &c.

An dè 'n lagan na h-àiridh,  
Ann an sgàth nan geug uaine,  
Chualas tuireadh aig ògan,  
'S mar so thòisich a dhuanaig:—  
Ma 's fear eile 'gheibh Màiri  
'N déigh gach àth-ghealladh 'fhuair mi,  
Cia mar bhitheas mi slàn dheth?  
B' fheàrr, O! b' fheàrr anns an uaigh mi.

Cia mar bhitheas mi slàn dheth  
'S tu cho tràth air mo leònadh  
Le d' chùl leadanach, àrbhuidh—  
Le d' shùil bhlàth, mheallach, mhòdhar—  
Leis gach mireadh a's mànràn  
'Rinn mi phàirteachadh còmhl' riut  
'Tric mu bhuaile 'chruidh-bhainne,  
Far nach b' annas dhomh pòg uait!



Far nach b' annas dhomh pòg uait—  
 Sìunte sèamh air an fhraoch leat,  
 Mi ri 'm chridhe 'gad fhasgadh,  
 'S do ghruaidh nàrach 'toirt sgéil dhomh  
 Gu'n robh 'lasadh 'nad bhroilleach  
 A cheart teine 'bha 'm chré féin—  
 Broilleach geal nan cìoch àrda,  
 'S clis a bhàsaich an gaol ann!

B' e sud broilleach na maise,  
 Bhiodh an gruth làmh ris duaichnidh;  
 Fàth mo mhulaid, tha snas *air*  
 Cian nas pailte na truas *ann!*  
 Amhuil sòbhrag an t-samhraidh  
 'Cinn 'sa' gheamhradh air uairibh;  
 Amhuil fearann cruaidh, reòite,  
 'S an sneachd bòidheach air 'uachdar!

Ciod, a ghaoil, rinn do mhealladh  
 'N uair a ghabhadh tu seann duin',  
 Aois 'ga lùbadh gu talamh,  
 A's e mar ris 'na bhantraich?  
 Ma tha cuid *aig'* tha clìth *uait*;—  
 'S ciod a dh' iocas e 'm annsachd  
 Mar 'eil *gini* 'na sporan  
 Gun m' a choinneamh snaim theann air?

'N uair tha bodaich an talaimh  
Togail orra le'n liath-chinn,  
H-uile fear mar a's sine  
Thun na caileig a's briaighe—  
'Fhir ud shuas anns a' ghealaich,  
Leat gu h-ealamh ri d' chlia'ich té;—  
'S iomad té le gruaidh ròsaich  
Tha 'n diugh aig pròimhidh 's neo-sgiamhaich'!

## ANNA AOBHACH.

FONN,---“*Kelvin Grove.*”

Tiugainn aon uair eile 'n Dùn, 'Anna aobhach O,  
Far am fan an eilid lùth'r, 'Anna aobhach O,  
Far an cinn a' choille dlùth,  
'S am bi 'chuthag ri *gu gùg*  
Cian romh aon ait' eile 's dù'ich, 'Anna aobhach O.

Far am bheil na cluaintean gorm, 'Anna aobhach O,  
'S na h-uillt chama 's binne toirm, 'Anna aobhach O;  
Far am faicear cùirn nan laoch—  
Far an guirme bhios am fraoch,  
'S an tric 'dhearbh thu dhomh do ghaol, 'Anna  
aobhach O.

O! bu sona, sona sinn, 'Anna aobhach O,  
Ciod a chuireadh oirnn 'san ám, 'Anna aobhach O?  
Uair a' dearcadh air na neòil,  
Uair mar uiseagan ri ceòl,  
Uair a 'toirt 's a' faighinn phòg, 'Anna aobhach O.

'S feàrr gu mòr *aon* druid 'an sealbh, 'Anna  
aobhach O,

Na *dà* sméorach an déidh falbh, 'Anna aobhach O,

Fhathast dhuinn, ma ta, do 'n Ghleann,—

'S mar bi sonas againn ann,

Na creid tuille fear nan rann, 'Anna aobhach O.

## SÌNE RÙNACH.

AIR FÖNN,—“*Mo ghile guanach,*” &c.

Hugorinn ù o na hi lin ù o  
Air Sìne rùnach gu 'n togainn fonn;  
Mi 'n so 'am aonar 's mi fad' o 'n rìbhinn,  
Gur beag an t-ionadh ged robh e trom.

O Shìne bhòidheach nan gruaidhean ròsach,  
Gu 'n d' thug thu leòn domh nach leighis léigh ;—  
Mo chridhe cràidhte—cha saighdean stàilinn  
A ghòid a shlàinte ach saighdean gaoil.  
Hugorinn ù o, &c.

A leannain aobhaich,—gun chrodh gun chaoraich  
Gun òr gun daoine thu geda thà,  
Nam faiceadh rìgh thu—le maise d' ìomhaigh,  
Bu leat a rìgheachd, bu leat a làmh.  
Hugorinn ù o, &c.

Tha meall-shùil m' eudail-s' air dath nan speura,  
'S a ruisg mar neòil gheal 'ga falach orm ;  
'N àm sealltuinn suas oirr', cha tearc am smuain-  
tibh  
An sneachd a' cuairteachadh lochan gorm.  
Hugorinn ù o, &c.

Tha sgiamh do-ìnnseadh 'nad ghruaidhean mìn-  
- dhearg,

Tha d' uchd fo 'n t-sìoda mar s'neachd fo 'n cheò,

'S do leadan teud-bhuidh mu d' chùl a' tearnadh

Mar bhogh' nan speur 'us an fhras 'ga chòir.

Hugorinn ù o, &c.

Tha d' anail chùbhraidh mar bholadh tùise,

No fàile 'n ùr-ròis fo dhealt a' Mhàigh ;

Tha lìdh do dheud ghrinn mar dheàrsadh gréine ;—

O! bu tu 'n *séraph* 'n àm togail dàin!

Ged their luchd-tuaileis nach leannan buan mi,

Na creid, a luaidh, O, na creid an sgeul ;—

Tha iuchair-tasgaidh mo chridh' 'ad làmhan

'S ma ni e d' fhàgail, do choire féin.

Hugorinn ù o, &c.

Do choire féin e mar bithinn réidh riut,

'S tu 'd iodhal-aoraidh cho mór do m' chrì—

Mu'n tig an uair ud 's an toir mi fuath dhuit

Bi'dh 'mhàthair suarach m' a leanabh-cìch.

Hugorinn ù o, &c.

## ORAN.

FONN,—‘ *Cuachag nan craobh.*’

A bhàrda nan tom! 'sheinneas co ghrinn,  
Sguiribh d' ur binn-òrain  
Shubhach, 'us leam cuiribh ri fonn  
'Fhreagaireas conn leòinte:—  
Nam bu leam féin comas na sgéith,  
Dh' fhanainn gu léir còmh' ribh;  
Gheibh sibh le chéil' sonas 'sa' ghaol,  
Nì 'tha 'na chlaoidh dhòmhsa!

'M fac' sibh an driùchd air an ròs ùr,  
Sud agaibh sùil m' uain-sa ;  
Mar 'ur ceòl féin maduinn na gréin',  
'S ionnan bho 'beul duanag;—  
Leadan mar òr 'ruigheachd g' a bròig,  
'S rionnag measg slòigh 'ghruagach ;  
'B' fheàrr 'bhi gu dùr 'cadal 'san ùir  
Na i bhi chaoidh fuar rium.

Fuar rium ged thà thusa 'n diugh, 'ghràidh,  
 Chunnaic mi là 's b' éibhinu  
 Leat mi 'gad chòir 'tabhairt dhuit phòg  
 'S 'faighinn fo sgàth gheugan  
 Aidmheil do ghràidh, gealladh do làimh  
 'Thabhairt air bheul cléir dhomh:  
 Mairg air fear òg 'dh' earbas á òigh—  
 'Se 'geallaidhnean ceò 'Chéitein!

Eiridh a' glorian moch-thrath 'na briadh's,  
 'S théid ceathach nan sliabh 'fhuadach;  
 'S ma thig fear-stòir 'shìreadh na h-òigh,  
 Cha leannan ni's mò 'm buachaill';—  
 C' àit' 'eil an té sin tha fo 'n ghréin  
 Nach dean an t-òr buidhe bhuaireadh?  
 'N dearbh leannan-sìth, iodhal an crìdh'—  
 Robair mo shìth, 's m' fhuadh-sa!

Chunnaic mi 'n dé calman gu faoin  
 'Dùrdail r'a rùn spòrsail;  
 Thug c rith' cùl, lean i gu dlùth,  
 Chinn i gu ciùin, còir ris;—  
 Rabhadh dhomh féin—stad ort, mo dheur,  
 M' osuaich gu léir fòg'ream,—  
 'S co 's urradh ràdh nach toir an té bhàn  
 Dhomh fathast ceann-fàth sòlais?



## OIGHRIG DHONN.

AIR FONN,—“ *This is no my plaid*” &c.

'S toigh leam féin i, m' Oighrig dhonn,  
Oighrig dhonn, bhuidhe-dhonn;  
'S toigh leam féin i, m' Oighrig dhonn,  
'Chionn gur toigh le m' annsachd mi.

Oighrig dhonn na malaidh caoil,  
'S òg a bhain d'i m' uile ghaol;  
'S cha n.'eil neach air uchd an t-shao'il  
Do 'n d' thug ise gaol ach mì.  
'S toigh leam féin &c.

'N uair a chunnaic mi si 'n tùs,  
Mheath mo chridhe, thuit mo dhùil;  
Shaoil mi nach bu lugh' na diùchd  
Dheanadh cùis le gràdh-mo-chrì.  
'S toigh leam féin, &c.



RANNAN AIR FEAR A BHA COMHARR-  
AICHTE AIR SON CEILGE.

'Shàtain, 's iomadh ainm a fhuair thu,—  
Nathair—Buaireadair—Mac-mallachd—  
An Leòmh 'n-beuchdach,—'s cha tearc uair a  
Their an sluagh gun rath riut Donus—  
An Droch-sporad—'s móran eile  
'Dh-ainmibh onoireach, gun mheirge;  
Ach, gun taing dhuit, cha tu tuille  
Athair urramach na Ceilge.

“ Co e nis?” am bheil thu 'g ràdh rium?  
B' fhasd' dhòmhsa sin duit ìnnseadh,  
Ach tha eagal orm, 'nad àrdan,  
Gu'n toir thu do bhrà'ir 'na mhìribh:  
Nam b' e aon ainm eile chaileadh  
Chreidinn ni bu luaith' gu 'm fuilgeadh  
Tu sin gun tigh'n tur r'a anam,  
Athair *sionnachail* na Ceilge.

“ Coma leatsa sin an tràsa;—  
Innis dhomh co e am fiùran,—

'S ann tha shannt orm, tha mi 'g ràdh riut,  
 Anns an dreuchd so 'fhaicinn crùinte ;  
 Le cròic daimhe, brògaibh asail,  
 'S earball measain, 'se bhios dealbhach—  
 'S air clàr-'aghaidh sgrìobhte bithidh  
 “ 'S mise Tighearna na Ceilge.”

Earball! adhaircean! air m' fhìrinn,  
 'Shàtain, tha sin glé mhath uait-sa—  
 Ach cha n-'eil aon neach a chì e  
 'Chreideas mar ata gur uan e ;—  
 'S e 'bhi coltach ris an t-sionnach  
 Air am bheil—'s an robh—e 'sealg riamh ;  
 'S coma leis a h-uile duine  
 Athair sliomaireach na Ceilge!

## DUANAG.

FONN,—“*Banarach dhonn a chruidh.*”

SE'ISD.

Guidheam slàinte do 'n ùr-mhnaoi,  
Ainnir bhlàth nan sùl dù'-ghorm,  
'G am bheil gruaidh air dath 'n ùr-ròis,  
'S anail chùbhraidh mar 'fhàile.

Teichidh 'chaora bho h-uanan—  
Cha bhi 'ceud-ghin ach suarach  
An sealladh màth'r an là 'ghluaiseas  
As mo smuain-sa 'n té bhàn-bhuidh'.  
Guidheam slàinte &c.

“ Coma leam!” arsa 'n cíteag,  
'N uair a chuir mi 'an céill sud—  
“ Nam biodh fìrinn 'ad sgeula  
'S fad' o'n rinn thu dhomh dàn beag.  
Guidheam slàinte &c.

“ Mhol thu Mair’rad,” thuir ì rium,  
Fada, fada thar fìrinn”;

“ Ge do mholadh cha b’ iognadh  
’S fhurasd aon rionnag àireamh!

Guidheam slàinte &c.

“ Ach *leth* maise mo Ròsain

’Chùr a’ sìos ann an òran—

Bu mhath ’n obair sud dhòmhsa

Ged bu bheò gu là bhràth mi!”

Guidheam slàinte &c.

Faodaidh ’n sneachd cinn nas gile,

Faodaidh ’n druid cinn nas binne,

Ach cha n-urradh do ’n fhinn’ ud

Cinn nas grinne na thà i.

Guidheam slàinte &c.

Sguiream, sguiream de m’ ranntachd—

Cha n-fhear lapach ’an cainnt’ reachd

Do ’n tig idir ’bhi cannt’ reachd

Air grian an t-samhraidh a’ deàrsadh!

Guidheam slàinte &c.

## DUANAG.

FONN.—“*'Ille dhuinn, 's toigh leam thu,*” &c. air-neo,  
“*Mo nighean dubh 'dh' fhàs bòidheach, dubh,*” &c.

A nighean donn nam maladh crom,  
A nighean donn nan caoin-shuil,  
A nighean donn bho 'm binne fonn,  
Gur mór mo gheall air d' fhaotuinn.

A nighean donn a's grinne cruth,  
A's binne guth 's a's caoine,  
Ge geal an cobhar air an t-sruth  
'S ann bhiodh e dubh ri d' thaobh-sa.  
A nighean &c.

Mo rùn a' chaileag luinneagach,  
Deagh bhanarach na spréidhe,  
'S nach géill 'an seòmar uinneagach  
'Dh' aon chruinneig 'tha 'n Dun-éidin.  
A nighean &c.

Co 'sheallas air na gruidhean sin  
 Gun luaidh a thoirt do m' eudail?  
 Co aon uair chunna 'mhìog-shuil sinn  
 Gun lasadh crì nach tréig e?  
 A nighean &c.

Té eil' air bhith, d' a sgiamhaichead,  
 'Nad fhianuis-sa cha leur dhomh;  
 'S ann tha thu 'measg nan nianagan  
 Ceart mar tha 'ghrian measg reultan.  
 A nighean &c.

O 's truagh 'bhi 'n so air Galdachd  
 'N uair tha 'n Samhradh 'us mo cheud rùn  
 A' strì co 's grinne dheàrsas  
 Nis air àiridhean Ghlinn-créran!  
 A nighean &c.

Cha tugainn air bhi 'm dhiùchd cead 'bhi  
 Le m' rùn 'am bothan-gheuga,  
 'S cha ghabhainn coron òir air son  
 Bhi 'n sud a' pògadh m' éiteig.  
 A nighean &c.

A rùn, nam biodh tu deònach air,  
 'S ar càirdean uile réidh ruinn,  
 Cha chuirinn tuille dàlach ann—  
 Am màireach bu leam féin thu!  
 A nighean &c.



## FLÙRAN EILEAN NAN TONN.

FONN,—“ *Tha mi trom, duilich, trom, airtnealach,  
cianail,*” &c.

'S laghach leam, 's toigheach leam,  
'S laghach leam Sìne;  
'S laghach leam, 's toigheach leam,  
Flùran Eilean nan tonn;  
Nam biodh Sìne 'n diugh leam,  
B' fhada thall mì-ghean.

Sìne chaoin nam bas geala  
Nam biodh daonnan 'am shealladh,  
Cha n-'eil rìgh air an talamh  
Air nach seallainn le dìmeas.  
'S laghach, &c.

Mar neòil-mhaidne a' chéitein  
Tha gruaidh ruiteach na h-éiteig,  
'S leadan-feasgair na gréine  
Feumaidh géill thoirt d' a mìn-chul.  
'S laghach, &c.

'Oigh a's banaile giùlan,  
 Bu leòir plath' dhiot air ùrlar  
 'Dh' fhàgail Bhan-tighearnan tùrsach,  
       'S a thoirt Dhiùchdan fo chis duit.  
                               'S laghach leam, &c.

'Fhir a mholas an fhaoileann,  
 Seall air muinneal mo ghaoil-sa ;  
 'S a dà mheall-shuil—co shaoileadh  
       Gu 'm biodh reultan cho ìosal!  
                               'S laghach leam, &c.

Do bheul binnealach, ròsach—  
 Nàile 's mise nach sòradh  
 Air son mionaid 'g a phògadh  
       A dhol ràidhe do 'n phrìosan.  
                               'S laghach leam, &c.

Och mo chreach air an éiginn!  
 'S truagh an nochd 'bhi gun m' eudail ;—  
 Nam biodh m' ulaidh ri m' thaobh ann,  
       Dheanainn Eden de *Ghreenland*.  
                               'S laghach leam, &c.

Stadam ! stadam ! mo Ghràdh geal !  
 Sud i tighinn,—flamh-ghàir oirr',—  
 Cuist, mo chridhe ! cum d' àite—  
       Gheibh thu 'm bàs le toil-inntinn.  
                               'S laghach leam, &c.

## GOID BHEAN NA BAINNSE. (6.)

FONN,—“ *Blue bonnets over the border;*” &c, air-nco,  
“ *Gillean an fhéilidh.*”

“ So, so, ’illean! ’se ’bhanais e!

So, so, ithibh ’us òlaibh;

So, so, bithibh gu sonasach,—

’S beag tha de ghainne air Baran na Sròine!”

Cuirm a bu buidealaich

B’ ainneamh—ach b’ fhadalach

Coslas na caileig bh’ aig ceann a’ bhùird shòghair.

Ciod a chuir mulad oirr’?

’S aithne do thuille ’s domh—

’S fada tha ’luran ’o ainnir an òr-fhuilt.

“ Greas! greas! a Dheòrs’, thar na mullaichean,

Greas, coma leat boineid no brògan;—

Greas! greas! ceathrar fhear ullamh leat—

Thug iad do leannan do Bhodach Ghlinn-crò  
’n diugh.”

O! ’s siubhlach an iolair, tha

Ghaoth air bharr tuinne luath,

Tha, ach cha chumadh iad sealladh air Dcòrsa;

Faic mar an dealanach

Null thar a' bhealach e—

Eiridh an donus do Bhodach Ghlinn-crò 'nochd!

Cuist! cuist! cluinnibh a bhruidhinn ud—

“Mort! mort! mo bheatha—mo Mhòr uam!

“Mach, mach, mach air an uinneig leath!”

Theich an té bhuidhe le leannan a h-òige.

Mar bheacha 'n deigh 'm buaireadh,

Gach neach mar bu luaithe,

Thog ìosal a's uasal, a mach thun na tòrachd,

A sabhall a's seilleir

Le cabhaig a pheileir—

“O! dusan bò-bhainne 'dh-fhear 'bheireas air  
Deòrsa!”

“'S mall, 's mall, a bhodaich! a leanas tu—

Pill, pill, 's dean cailleach a phòsadh;”—

“'S tinn, 's tinn mo chridhe le toileachas—

Pòg mi,—cha bheir iad oirnn tuille, a Dheòrsa!

Bha 'Mhad'neag ag éiridh

'S iad 'ruigheachd Ghlinn-aoraidh;

Chaidh 'n òinseach a ghleusadh, chaidh 'chuideachd  
'an òrdugh;

Rain' iad an crùisle—

Chaidh 'n sagart a dhùsgadh,

'S 'an cneas fir a b' fhiù leath' bha, 'n ùine bheag,  
Mòrag.

## ÒRAN.

FONN,—“ *Bithidh fonn oirre daonnan,*” &c.

An diugh ged 's fada bhuan i,  
'Am brudair bha mi 'n raoir le  
Bean mheachair a' chùil ruadh-bhuidh,  
'S nan gruaidh air dath a' chaorainn;—  
B' e sud an coinneamh gràdhach!  
Ach theich na sgàilean teagmhach,  
'Us dh' fhàg iad mis' 'am aonar  
Gu dubhach, brònach, deurach.

O 's mise tha gu cianail  
Bho 'n rinn Catriana m' fhàgail;  
Tha aon lá leam mar bhliadhna  
A' fianuis bean nam blàth-shuil!  
Mar naoidhein air a' ghlùn mi,  
'N aon mhionaid caointeach, gàireach:  
A Ghaoil, 's tu 'n galar neònach,  
'Se 'n dòchas cuid a's feàrr dhiot!

'Se 'n dòchas cuid a's feàrr dhiot—  
 Mar bhàrc, air bheagan tuaiream,  
 Ri fearunn a' toirt cùlaobh,  
 'M faoin-dhùil ri fonn nach d' fhuaras,  
 Bho chala ciùin na Saorsa  
 Gu muir a' Ghaoil gu'n d' ghluais mi;  
 'S a nis ma gheibh mi tràighe  
 Och! 's ann a mhàin 'am brudair.

Ma 's ann a mhàin 'am brudair  
 A gheibh mi, 'luaidh, do bhrìodal,  
 C' air son a fhuair thu chaoin-shuil  
 Chuir breisleach gaoil air mìltean? ,  
 C' air son bha riamh do chòmhradh  
 Cho binn ri ceòl nan teud leam?  
 'S tu uile mar ròs gàraidh,  
 Fad', fad' thar càch 'an ceutachd!

O! 'se ro mheud do cheutachd,  
 'S luchd-spréidh 'bhi tiugh 'an tì ort  
 'Dh' fhàg dubhachas 'am ghruaidhean—  
 Tha oiche bhuan air m' inntinn;  
 Mo bheannachd leis gach sùgradh—  
 Gu'n teich mi 'Dhù'ich na Dì-chuimhn'!  
 Do 'n chridh' tha tur gun dòchas  
 'Se 'chur fo 'n fhòid bheir sìochaint!

BEANNACHD AN EILTHIREICH O'IG LE  
A LEANNAN.

FONN,—“*Farewell to Fionary.*”

Ge dearg mo shùil cha n-ann chionn lochd,  
'S cha n-e 'bhi 'fàgail tìr nan cnoc  
A dhùisg an osnadh throm dhomh 'nochd  
Ach Lilidh fhaicinn smalanach.

SE'ISD.

'Bhi 'toirt cùlaobh riut, a Ghaoil!  
'Bhi 'toirt cùlaobh riut, a Ghaoil!  
B' fhasa cùl thoirt ris an t-saogh'!  
Na ri bean chaoin nam meall-shuilean!

'Ainnir òg an òr-fhuilt mhìn,  
B' fheàrr bhi còmhl' riut na bhi 'm rìgh;  
'N gaol a dh' fhàs 'n uair bha sinn crìon,  
Mo làmh dhuit, chaidh cha dealaich rium.

'Bhi toirt &c.

B' òg a chunnaic mi do sgèimh—

B' òg a ghabh thu 'm chridhe freumh—

B' òg is beag nach deachaidh nèamh

Le d' mhànran binn as m' aire tur.

'Bhi toirt &c.

Ged their càch, le goileam faoin,

Nach bi m' ùidh ort 'an tìr chéin,

Sguiridh teas a theachd o'n ghréin

Mu 'm brist mi féin mo ghealladh dhuit.

'Bhi toirt &c.

Beannachd leat—a's tog do chrì,—

Dachaidh deas dhuit 'nuair ni mì,

Tillidh mi le gaol gun dìth

Gu d' thoirt gu tìr nan cranna leam.

'Bhi toirt &c.



## ÒRAN.

FONN,—“*'Se dhùisg cho grad á' m' shuain mi,*” &c.

Aon fheasgar, ri taobh *Shìradh*,  
Ban-rìgh nan sruth tlàth,  
'S mi 'dearcadh, ait, air ìomhaigh  
Nan craobh oirre 'snàmh,  
Gu 'n cualas giullan òg  
'Seinn gu dòigheil aig làimh—  
“Gun taing d' a tàir, gu h-ùir  
'Si mo rùn Eilidh bhàn!

'S mi 'n so mar eathar shuarach  
Ri cuairteig a' strì;  
Mar dean mo leannan fuasgladh,  
'S e 's dual dhomh dol sìos;  
Ach thog luchd eud a's tuaileis  
Rium cruaidh-reodh' 'na crì,  
'S ged fhliuch an deur mo ghruaidh, nis  
Cha truagh leath' mo chaidh.

Nam biodh mo chridhe, 'ghaolaich,  
 Dhuit leughte g'a chùl,  
 Gu 'm faiceadh tu 'n sin firinn  
 'Us gaol duit nach mùth ;  
 Gu 'm faiceadh tu, ged 's fuar thlu,  
 Nach suain dhomh gun thù,  
 'S a ghaoil nach fada 'm bàs uam  
 Mar tàlaidh thu rium.

C' air son a thug mo rìbhinn  
 D' a cìobair riamh gaol ?  
 C' air son mar aingeal dhàsan  
 Bha h-àilleachd 's a neul ?  
 C' air son nach b' ann 'san uaigh dha  
 Mu 'n d' fhuaras an sgeul  
 —Luchd-stòir bhi oirre 'n tì,  
 'S i d' am brìodal 'toirt géill ?

Ach ciod a' bhuaidh tha 'n stòras ?  
 Air mhòid 'us gu 'm bi  
 Aig fear a' chridhe chruaidh,  
 Faodaidh m' uan-sa bli 'n dìth ;  
 Nach b' annsa leat an t-òigfhear  
 Nach leònadh do shìth  
 Le criombaireachd no cànrán,  
 'S a ghràdh'cheadh tu chaoidh ?

Air ràdh sud, chunnas òigh  
'Teachd bho 'n òg-choill aig làimh;  
'S i Eilidh, Eilidh féin  
A bha 'g éisdeachd ri'dhàn!  
Le gàirdeanan geal, sgaoilte,  
Grad dh'aom i 'na dhàil,  
'S 'ga phògadh, thuirte i " M'eudaill!  
An déigh so bi slàn!"

## SINE BHUIDH' MHEÀLL-SHUILEACH OG.

FONN,—“*Tam Glen.*”

Tha 'n samhradh a' tighinn gu h-ealamh,  
O 's milis a cheana na h-eòin ;  
Nis seinnidh mi òran do m' leannan—  
Mo Shìne bhuidh', mheall-shuileach, òg.

Tha 'n t-sòbhrag, an neòinean, 's an lilidh  
'Tiugh-chinn air gach tulach a's lòn,  
'S iad a' strì, ach gu dìomhain, 'an gile  
Ri Sìne bhuidh', mheall-shuileach, òg.

Tha 'cùl bàn mar chiabh àrbhuidh na gealaich  
'N uair, gu nàrach, tha h-imeachd measg neòil ;  
Tha uchd mìn, corrach, caoin-gheal mar chanach,  
Aig Sìne bhuidh', mheall-shuileach, òg.

Fhuair i fàile an ròis air son anail,  
A dhath air son bilean nam pòg ;  
Tha guth blàth mar fhonn tlàth bho chlàr aingeil  
Aig Sìne bhuidh', mheall-shuileach, òg.

Ged bhitheadh lionn-dubh air mo dhalladh,  
'S i 'ghrian ud 'ni sgarradh mar cheò,—  
Oir dhomh féin, mar an Céitein do 'n talamh,  
Tha Sìne bhuidh', mheall-shuileach, òg.

Tha ìosal 'us uasal 'ga sireadh,  
Ach thug i a gealladh de dh-Eòbh'n,  
'S b' fheàrr leath' 'm bàs fhulang tràth na mo  
charadh—  
Mo Shìne bhuidh', mheall-shuileach, òg.

## ÒRAN.

FONN,—“ *Latha dhomh bhi 's taigh-òsda;*” &c. air-neo,  
“ *Lochaber no more.*”

Mile tubaist, do 'n Ghaol so!  
'M bi e daonnan 'gam leòn?  
'M feum Eu-dòchas 'us Gràdh chaoidh  
Làmh 'an làimh tigh'n air Eòbh'n?  
Ma 's e 'm fear a's moth' feudail  
A chaoidh déigh nam ban òg,  
'S beag mo chuidse de m' cheud ghràdh—  
Tha luchd-spréidh air a tòir!

'Fhir nach d' fhairich an gaol riamh,  
Seall air aodann mo luaidh—  
Seall, 'us innis dhomh, 'n déidh sin,  
'Bheil do shìth mar bu dual;  
Ged nach aithne dh'i-féin e,  
'S tric a reub i mo shuain-s',  
S ged nach d' innis mi 'chàch e,  
'S léir a bhlàth air mo ghruaidh.

